Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Dùn Èideann

Dihaoine 27 Sultain 2013 @ 2.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce ann an Dùn Èideann, Dihaoine 27 Sultain 2013 bho 2f

Clàr Chùisean

3.2013.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Geàrr-chunntas neo-dhearbhte bho choinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Airson Fiosrachaidh

3.2013.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Pròiseactan Dràma is Leasachaidhean Co-cheangailte: Taisbeanadh	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Plana Gnìomh InG airson buidhnean a' faotainn taic	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

3.2013.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2013-14	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2013	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Tabhartasan nam Fèisean 2013-14	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2013	Airson Aontachaidh
(f)	Ath-stèidheachadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh	Aithis airson Aontachaidh
(g)	Atharrachaidhean ri ar cunntas le Banca Dhail Chluaidh	Airson Aontachaidh

3.2013.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a)	Sgrùdadh Alba Chruthachail air Ceòl ann an Alba	Airson Fiosrachaidh

3.2013.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Preantas Cruthachail agus nam Meadhanan Didseatach	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Pròram na Coinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2013	Airson Fiosrachaidh
(d)	Aithisg Bhliadhnail 2013	Airson Fiosrachaidh
(e)	Taghadh a' Bhùird	Aithris airson Fiosrachaidh

3.2013.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh	Airson Aontachaidh
(b)	Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Tro phost-d son fiosrachaidh a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean HIE, An Grianan, Port Rìgh air Dihaoine 17 Cèitean 2013 aig 11.00m

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2013.01(c)

3.2013.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Donnchadh MacGuaire, Fiona NicIain, Ùisdean Robasdan, Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair)

Air a' fòn: Peigi NicIllFhinnein, Anne Marie Reid (HIE) airson pàirt den choinneimh

(b) Leisgeulan

Elaine Spence, Bernard Bell, An Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 22 Gearran 2013 a sgaoileadh.

Mhol Donnchadh MacGuaire gum bu chòir gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Ùisdean Robasdan a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

HIE

Thug Anne Marie Reid fiosrachadh seachad mun t-suidheachadh a thaobh taic bho HIE do dh'Fhèisean nan Gàidheal. Cumaidh i oirre a' toirt taic do dh'Fhèisean nan Gàidheal le bhith a' Stiùireadh a' Chunntais, agus bidh Shirley Tennant a' toirt taic le bhith Stiùireadh a' Chùmhnaint.

Tha Anne Marie a' dol a thòiseachadh ag obair air Plana Leudachaidh/Leasachaidh do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus bidh i ag obair air sin còmhla ri Art MacCarmaig. Cuideachd, bha ceithir latha de thaic ri fhaotainn airson Leasachadh Gnìomhachais, agus tha Art a' dol a chur air dòigh bùth-obrach do luchd-obrach is riochdairean bho Bhlas air Ro-innleachdan Margaidheachd. Tha e a' feuchainn ri ceann-latha freagarrach aontachadh agus innsidh e do Bhuill a' Bhùird cuin a thèid sin a chumail - agus faodaidh iad fhèin a dhol ann ma tha iad airson.

Bhruidhinn Anne Marie air Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta, buidheann a bhios ag obair còmhla ri HIE, agus aig a bheil seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith feumail do FnG - mar sanasachd eadar-nàiseanta agus sanasachd thall-thairis air tachartasan. Dh'fhaodadh sin a bhith feumail airson tachartasan mar Blas agus na Cèilidhean air Chuairt.

Thug na Buill taing do Anne Marie airson am fiosrachadh aice, agus chaidh aontachadh gun cuireadh i am fiosrachadh sin ann am post-d gu Art a sgaoileadh e an uair sin am measg Buill a' Bhùird.

BLAS

Thèid Fèis Bhlas fhoillseachadh ann an Eden Court air 13 Ògmhios. Dheigheadh fiathachadh a chur gu Buill a' Bhùird air a shon.

Mar phàirt de phròg ram na bliadhna, thèid 3 tachartasan a chumail ann an Earra-Ghàidheal: san Òban, ann am Muile, agus ann an Ìle.

Chaidh coinneamh de Bhòrd Stiùiridh Bhlas a chur air dòigh o chionn ghoirid le Fèisean nan Gàidheal ann an Inbhir Nis. Thuirt riochdairean bho Chomhairle na Gàidhealtachd gum biodh iad an làthair. Ach, cha do nochd duine aca air an latha. Chuir Art fios gu Comhairle na Gàidhealtachd ag ràdh gur e bristeadh-dùil a bh' ann nach robh duine ann bhon Chomhairle, agus thuirt e gum faodadh Comhairle na Gàidhealtachd an ath choinneimh a chur air dòigh.

FÈISGOIL
Dh'innis Art don Bhòrd mu mar a bha cùisean a thaobh Fèisgoil an-dràsta.

Tha an cùmhnant le Comhairle Pheairt is Chinn Rois a' leantainn agus chaidh a leudachadh a-rithist - gu meadhan an Ògmhios an turas seo.
Thug sinn fios do Chomhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mu chosgaisean, agus tha sinn a' feitheamh ri freagairt bhuapa. Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù air cùmhnant aontachadh a thòisicheas san Lùnastal. Tha Comhairle na h-Eaglaise Brice, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Siorrachd Àir a Tuath cuideachd uile a' beachdachadh air pròiseactan a chumail.

Thèid tuilleadh trèanaidh do luchd-teagaisg a chumail air 25 Cèitean agus tha 15 luchd-teagaisg air àite a ghleidheadh.

(e) Geàrr-chunntas, nach d' fhuair aonta, den choinneamh mu dheireadh den Bhuidhinn
Chaidh an Geàrr-chunntas, nach d' fhuair aonta, de choinneimh na Buidhne Riaghlaidh a chaidh a chumail air 2 Cèitean 2013 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

3.2013.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal
Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu deireadh 2012-13, a thaobh cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Tha aig Art MacCarmaig ri figearan ràitheil mionaideach a thrusadh do HIE agus Alba Chruthachail a thaobh làthaireachd aig na Fèisean, na Cèilidhean air Chuairt, tachartasan dràma agus msaa, a thuilleadh air an àireamh de luchd-teagaisg, cosgaisean agus msaa.

(b) Ath-sgrùdadh air Plana Leasachaidh 2012-15
Thuirt Art MacCarmaig gum feumar ath-sgrùdadh a dhèanamh air Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal. Thèid sin a chur an sàs aon uair 's gu bheil Bòrd ùr air a chur an dreuchd san t-Sultain.

(c) 5 Latha – Tachartas Còmhnaidheach Gàidhlig
Thug Calum Ailig Mac a' Mhaoilein aithris seachad air 5 Latha a chaidh a chumail sna Gearannan eadar 8 is 12 Giblean.

Bha 17 a ghabh pàirt ann, agus fhuair iad seachdain de chlasaichean ciùil, croitearachd, bèicearachd, còcaireachd, iasgach agus eile, agus sin uile sa Ghàidhlig. Bha cèilidh air leth math ann cuideachd, a chaidh a chumail ann an Siabost.

Tha Calum Ailig a' dol a dh'fhaicinn an gabh an aon seòrsa tachartais a chumail ann an sgìre eile nas fhaide air a' bhliadhna.

Bhathar a' gearradh bhidio a chaidh a chlàradh tron t-seachdain, agus thèid sin a chur air-loidhne nuair a bhios e deiseil. Chunnaic am Bòrd cuid a dhealbhan a chaidh a thogail am-bliadhna agus chunnaic iad an bhidio a chaidh a dhèanamh an-uiridh.

Thuirt Peigi NicIllFhinnein gun robh e fìor mhath a bhith faicinn mar a chòrd cùisean ris an fheadhainn a ghabh pàirt ann, agus a bhith gan cluinntinn a' bruidhinn Gàidhlig fad na seachdain. Thuirt i gum biodh e math nam b' urrainnear an bhidio a shealltainn do Chomhairle nan Eilean Siar nuair a bhios e deiseil, gus am faic iad an obair a tha ga dèanamh.

(d) Seonaidh a' Mhonaidh

Chaidh pàipear le Art MacCarmaig a sgaoileadh am measg nam Ball le fiosrachadh mun chuairt as ùire aig Meanbh-Chuileag.

Bha Debbie NicAoidh agus Daibhidh Walker air 5 seachdainean a chur seachad a' tadhal air a' mhòr-chuid de na Bun-sgoiltean Gàidhlig leis an dealbh-chluich ùr, Seonaidh a' Mhonaidh, a tha a' toirt cothrom do chlann bun-sgoile ionnsachadh barrachd mu bheatha Iain Muir agus tha iad a' dol an sàs ann am bùithtean-obrach fhad 's a tha an dealbh-chluich ga shealtainn.

Fhuair a' chuairt taic ionmhasail bho Dualchas Nàdair na h-Alba, BnG, Alba Chruthachail agus HIE.

(e) Pròiseact Òrain Ghàidhlig

Chaidh aithisg a dheasaich Iona NicDhòmhnaill, an t-Oifigear Trèanaidh is Poileasaidh, a sgaoileadh ag innse don Bhòrd mu planaichean airson Pròiseact Òrain Ghàidhlig.

Thathar an dùil gun cosgadh am pròiseact £47,300 thairis air dà bhliadhna agus fhuaras tabhartas luach £32,000 bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir. Thig an còrr den airgead bho Fhèisean nan Gàidheal agus Stòras Watercolour.

Bheir am pròiseact cothrom do 6 òganach (aois 16-24) òrain is ceòl a chruinneachadh anns na coimhearsnachdan aca fhèin, agus bidh iad cuideachd a' rannsachadh thasglannan traidiseanta agus didseatach. Bidh iad ag ionnsachadh mu na h-òrain agus na sgeulachdan a tha co-cheangailte riutha, agus nì iad clàraidhean air am bi cothrom aig a' phoball agus seinneadairean.

Rinn an aithisg iomradh air amasan a' phròiseict, na sgilean a dh'ionnsaicheas agus a chleachdas na daoine òga agus clàr-ama airson an dà bhliadhna.

Thathar an dùil gum bi a' chiad chruinneachadh de dh'òrain rim faotainn sa Ghiblean 2014.

Thèid fiosrachadh a chur gu na Fèisean a dh'aithghearr feuch an urrainn dhaibh daoine freagarrach a chomharrachadh airson a' phròiseict.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh agus bha iad den bheachd gur e fìor dheagh bheachd a bh' ann.

3.2013.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2012-13

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2013. Sheall seo easbhaidh de £20,000, ach mhìnich Anne gun robh againn ri £72,000 fhaighinn fhathast bho dhiofar bhuidhnean (bha sinn air pàirt de sin fhaighinn a-nis).

Thug Buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £9,658.59
- Cunntas Àrd-rèidh - £177,177.37
- Cunntas Bhlas - £6,019.82

(c) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Màrt 2013

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Màrt 2013 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Buidseat 2013-14 (air atharrachadh)

Chaidh dreachd de bhuidseat airson 2013-14, a chaidh atharrachadh, a dheasaich Art MacCarmaig agus Anne Willoughby a sgaoileadh. Bha fiosrachadh ann a-nis mu mhaoineachadh bho ùghdarrasan ionadail agus mun Phròiseact Òrain.

Bho chaidh am buidseat a dheasachadh, fhuaras fios bho Alba Chruthachail gu bheil sinn a' dol a dh'fhaighinn tabhartas luach £56,000, thairis air dà bhliadhna, airson am pròiseact na Cèilidhean air Chuairt.

Bha againn fhathast ris na pròiseactan, An Gillie agus Maighstir Tìm, a chur ris a' bhuidseat. Tha sinn a' feitheamh ri fios bho Bhòrd na Gàidhlig a thaobh iarrtasan maoineachaidh air an son.

Chaidh gabhail ris a' bhuidseat, leis an tuigse gum faodadh na nithean seo a bhith air an cur ris.

(e) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh thuige seo.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(f) Cothrom For-tharraing le Banca Dhail Chluaidh PLC

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh agus i a' sireadh aonta a' Bhùird gun gabhadh iad ri tairgse bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc airson Cothrom For-tharraing.

Às dèidh beachdachadh gu faiceallach agus gu cùramach air riaghailtean na Litreach agus gach cùis eile a bha iomchaidh, **CHAIDH AONTACHADH**:

1. Gun cuireadh an Companaidh feum air na Cothroman uile a rèir nan riaghailtean is cùmhnantan a tha ainmichte san Litir Chothroman, agus seo gu buannachd a' Chompanaidh, agus chun na buannachd choimeirsealta as motha, agus e a' leantainn air le obair, agus gun gabhar ri agus gun aontaichear ri riaghailtean agus cùmhnantan na Litreach;
   agus

2. gun deigheadh an Litir Chothroman a làimhseachadh às leth a' Chompanaidh leis an Stiùiriche agus Rùnaire a' Chompanaidh ainmichte gu h-ìosal, agus tha cead aca cuideachd an làmh a chur ri na leanas às leth a' Chompanaidh: sgrìobhainnean eile, aontaidhean, teisteanasan, fiosan, brathan-conaltraidh no dearbhaidhean, nam measg atharraichean, eadar-dhealachaidhean, ùrachaidhean is leudachaidhean, a dh'fheumar a dhèanamh 's dòcha an lùib nan Cothroman, no na Litreach Chothroman.

Dhèilig Fiona NicIain (Rùnaire a' Chompanaidh) agus Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche) ris an sgrìobhainn às leth a' Bhùird.

(g) Aonta le Alba Chruthachail 2013-14

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig, leis an aonta dheireannach le Alba Chruthachail airson 2013-14, a sgaoileadh am measg nam Ball agus thugadh fa-near do chumhachan an aonta.

Thuirt Art MacCarmaig gun robh Alba Chruthachail air atharrachadh gu mòr agus bha teans ann gun dèanar ath-sgrùdadh air na h-aontaidhean maoineachaidh aig Alba Chruthachail. Tha Art a' dol a dh'obair còmhla riutha agus cumaidh e sùil air an t-suidheachadh agus bheir e fiosrachadh gu cunbhalach don Bhòrd.

3.2013.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Ath-sgrùdadh air Modhan Taghaidh a' Bhùird

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh far an robhar a' sireadh aonta ri Sgeama ùr

airson a bhith Taghadh Buill a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.

Mar phàirt den sgeama ùr, thèid an dà phrìomh mholadh bho Ealain & Gnìomhachas na h-Alba a chur an sàs, às dèidh do dh'ath-sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air Fèisean nan Gàidheal o chionn ghoirid, 's iad sin:

- Bu chòir suas ri 2 àite a bhith air a' Bhòrd airson buill a thèid iarraidh a dh'aona-ghnothach tighinn air a' Bhòrd a chionn 's gu bheil sgilean aca a tha dhìth oirnn;
- Bu chòir dha a bhith ceadaichte do bhuill seasamh airson trì bliadhna eile air a' Bhòrd mus leig iad dhiubh an dreuchd.

Ghabh Buill a' Bhùird ris an Sgeama ùr a dheigheadh a chur an sàs airson an taghaidh a thèid a chumail às dèidh na Coinneimh Bliadhnail san t-Sultain.

3.2013.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Luchd-obrach is Fòrladh Màthaireil

Thuirt Art gun robh Nicola Simpson air a dhol air fòrladh màthaireil a-nis. Às dèidh dhuinn agallamhan a chumail, fhuair Raonaid Harris cùmhnant 6 mìosan airson an obair aig Nicola a dhèanamh fhad 's a tha i dheth, agus fhuair Seòna Nic a' Mhaoilein cùmhnant 3 mìosan airson obair Jenna a dhèanamh fhad 's a tha i dheth air fòrladh màthaireil.

Thòisich an dithis aca ag obair air 8 Giblean agus dheigheadh na cùmhnantan aca a leudachadh mìos thar mhìos nam biodh feum air sin.

(b) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Thugadh taing shònraichte do Dougie Beck agus Aonghas MacLeòid airson an obair a bhios iad a' dèanamh a thaobh phròiseactan dràma/sgoiltean agus msaa ann an diofar sgìrean. Tha na pròiseactan seo daonnan air an deagh eagrachadh agus tha iad a' còrdadh ris a h-uile duine.

Tha Iona NicDhòmhnaill air a bhith trang a' cuideachadh le bhith cur air dòigh na Co-labhairt, Tional, aig na Nàbaidhean Ceilteach a thèid a chumail aig Sabhal Mòr Ostaig eadar 26 is 28 Ògmhios. Chaidh aontachadh gun cuireadh Art tuilleadh fiosrachaidh gu Buill a' Bhùird, agus nam biodh duine aca airson a dhol a chun na Co-labhairt, bu chòir dhaibh leigeil fhaicinn do dh'Art.

(c) Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt 2013

Thugadh fa-near gun deigheadh Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal a chumail san Taigh-òsta Malmaison, Lìte, Dùn Èideann eadar 27-28 Sultain.

Tha Art MacCarmaig air a bhith bruidhinn ri Ceannard na Sgoile Gàidhlig ùire ann am Bonnington agus thathar an dòchas gum faod sinn an sgoil a chleachdadh airson Coinneamh a' Bhùird agus a' Choinneamh Bhliadhnail.

Thugadh cuireadh do Mhìcheal Russell a' phrìomh òraid a thoirt seachad aig a' Choinneimh Bhliadhnail, agus tha sinn a' feitheamh ri freagairt bhuaithe.

3.2013.06 EILE

(a) Dearbhadh air ceann-latha an ath choinneimh

Thèid an ath Choinneimh den Bhòrd a chumail ann an Dùn Èideann air 27 Sultain, mar phàirt den Choinneimh Bhliadhnail/Co-labhairt.

Fèisean nan Gàidheal

Unapproved Minutes of the meeting of the Executive Group held on Thursday 5 September 2013 from 10.00 am via telephone conference

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2013.01(e)

EX3.2013.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Moreen Pringle (Fèisean nan Gàidheal Business Officer).

Ann Marie Reid (HIE) ~ for item 5(b) only

(b) Apologies

There were no apologies for the meeting.

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the last meeting held on 2 May 2013 had been circulated and were approved.

(d) Matters arising

There were no matters arising not already on the Agenda.

EX3.2013.02 PROGRAMME UPDATES

(a) Summer Fèisean (verbal – Arthur)

A number of Fèisean had taken place across Scotland over the Summer. Attendance numbers for some were down slightly but the Fèisean themselves had been successful and enjoyed by all. More specific details about the Fèisean will be included in the Development Officer's progress reports to the Board later in the month.

(b) Blas Festival 2013 (circulated – Arthur)

The Blas Festival commences this Friday (6 September) and a list of all the events taking place had been circulated along with a note of the budget for the Festival. Extensive advertising had been done and events were being promoted via posters, Facebook and Twitter. Eden Court had advised that ticket sales for the events taking place there were looking good.

It had been discovered that it was not possible to book different events via Ticketmaster at the same time (each event had to be booked separately, which, as well as being more time consuming, meant separate booking fees having to be paid for each event). This would be looked into for next year.

Unfortunately, due to bad planning, there was a clash of events in the Lochaber area, the events in Acharacle, Roybridge and Fort William were all taking place on the same night. This was unfortunate and more care would need to be taken in future to avoid this happening.

The budget seemed fine – most of the expenditure is not paid out until during or after the Festival.

(c) Fèisgoil (including Drama Programme 2013-14) (verbal – Arthur)

Arthur gave a verbal update on the current situation regarding Fèisgoil. All the education work including YMI and drama in Schools has been put under the Fèisgoil banner. Prices have been submitted to Highland Council and Argyll & Bute Council for delivering Gaelic learning in schools. He is waiting to hear back from them on this. He will chase them up after the Blas Festival and also contact the other Local Authorities to see if they require any of our services.

The YMI programme in the Highland area has started and YMI is also being provided to 4 schools in Paisley.

There is a lot of drama work planned over the next while. Dougie and Angus will be giving a presentation to the Board later in the month on this. Some of the projects include:

- Dougie has done further work on the Meanbh-chuileag play "Seonaidh a' Mhonaidh" which had toured GM schools earlier in the year. He has turned it into a one person play and made it bilingual and will shortly be taking it round non-GM schools in the Argyll and Fort William area. He will send round a list of the schools being visited. It is also intended to take the GM version of the play to the GM Schools in the Glasgow area who were unable to be part of the earlier tour (this will hopefully happen in October/November).
- In October Dougie will be offering GM tours of Urquhart Castle (followed by a workshop). Information on this will be going out to all GM Schools who can then, if they wish, arrange to participate in the tours.
- Dougie and Angus are again going to be helping schools to develop scripts and carry out filming for FilmG. This is to take place between now and the end of the year.
- Plans for this year's Panto are starting to be made. Angus is going to develop a script for the Panto which will probably involve 4 actors and be performed in GM schools over 7 or 8 days commencing on Monday 2 December.

The possibility of producing a Fèisgoil leaflet highlighting all the different services we offer would be investigated.

(d) Cèilidh Trails (verbal - Calum Alex)
7 Ceìlidh Trails had taken place over the Summer (although this was really 9 as Fèis Rois had had three separate Trails). Over 280 performances had taken place at venues across Scotland as well as further afield. The Karen Matheson Showcase at Loch Lomond Shores with Fèis Fhoirt CT and Fèis Lochabair CT had been excellent. It is hoped to hold similar Showcase events in the future.

Following on from that event Fèis Fhoirt CT had been asked to do the soundtrack for a DVD being produced by Loch Lomond & Trossachs National Park. The National Park had also offered to fund the production of a CD by the CT.

Prior to the CTs starting, Fèis Alba had been held in Plockton with all the Ceilidh Trail participants taking part and learning new skills before they went out on the road. The music produced was excellent but it had been noted that there was a lack of Gaelic singers. This was something that would need to be addressed in the future. It had been suggested that a Gaelic Song Fèis might be held to help identify and encourage Gaelic singers.

(e) An Gille agus Maighstir Tìm (verbal – Arthur)
Arthur advised that it had been necessary to put this project to the side for the moment as it had not been possible to raise all the funding for it to take place in the near future. Further investigations into securing funding would take place over the winter.

(f) Sgoil Shamhraidh Dràma (verbal – Calum Alex)
Calum Alex reported that there had been 11 participants in this year's Sgoil Shamhraidh which took place in Portree for the first two weeks of July. The number of participants had been down from previous years but the group had worked well together and good feedback had been received from them following SS.

The group had attended a public performance in Aros by Kilmuir Gaelic Drama Group and Maggie Smith. They had all enjoyed this event and it had been good for them to see Gaelic Drama on the stage.

Once again, SS had held a joint evening in Sleat with Fèis Alba. The group had performed the short sketches which they had written. These had been videoed and would be put together for You Tube. It is hoped to have these available to show the Board at the meeting later in the month.

Talks were now underway to start making plans for SS14. It is hoped to prepare a longer play before SS which the participants will then work on over the fortnight. Efforts will be made to go into Schools to speak to the pupils to make them more aware of SS and hopefully attract them to attend.

(g) Gaelic Song Collecting Project (verbal – Arthur)
To date, five participants have been found to take part in the Gaelic Song Collecting Project. It is hoped to identify some more and Fèisean and Development Officers have been asked to see if they can help. If any Board Members can think of anyone suitable they should let Arthur know.

Tobar an Dualchais are the joint Heritage Partner on the project. A joint training course is to be arranged for all involved.

(h) ICT Purchase (Verbal – Calum Alex)
Calum Alex advised that he had been successful in securing a grant of £23,764 from Creative Scotland towards an ICT project. This amounted to approximately 50% of the project costs – so a further 50% had still to be sourced.

The project will involve asking Fèisean what IT Equipment and/or IT training they require and then sourcing and providing this for them.

EX3.2013.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Income and Expenditure 2013-14 to 22.8.13 (circulated - Anne)
A report on Income and Expenditure for 2013-14 to 22 August 2013 had been circulated. Most of the Core Funding was coming in as planned. The salary figure was higher as there were the two maternity cover posts but this was balanced out by reduced NI and Pension figures. The office rent figure was also higher as we have extra costs involved with hiring an office in Tarbert at the moment.

Other than that all the budgets were on target.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £2,327.69 in the Current account
- £447,149.12 in the High Interest account
- £1,966.50 in the Blas account

(c) Grants to Fèisean 2013-14 (circulated - Anne)
A report showing the grants awarded to Fèisean for 2013-14 (and those paid out to date) had been circulated.

All grants were being paid out as required on submission of claims from the Fèisean.

There had been a delay in paying out some grants as we have been holding back payment until such time as disclosure of tutors has been finalised.

(d) Draft Audited Accounts to 31 March 2013 (circulated – Anne/Arthur)
A copy of the draft audited accounts prepared by Mann Judd Gordon had been circulated. These show a small loss but the reserves remain healthy. There are a few updates to be done and then the final Accounts will be brought before the Board Meeting for approval prior to the AGM.

EX3.2013.04 STAFFING ISSUES (verbal – Arthur)
(a) Temporary Officers and Maternity Cover
Jenna's maternity leave is due to finish soon and she has to advise (by the end of the week) as to what her intentions are with regard to returning to work. Shona continues to cover her post on a month-to-month basis.

Nicola's maternity leave is not over until April. Rachel still has two months left of her temporary maternity cover contract and will then, hopefully, go on to a month-to-month contract.

Shona and Rachel are both doing really well in their posts and have helped their Fèisean out over the Summer.

EX3.2013.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Draft AGM & Conference Programme (circulated – Anne/Arthur)

A draft programme for the AGM & Conference to take place in Edinburgh on 27/28 September had been circulated and was approved.

Invites have gone out and it is hoped to get a good representation from the Fèisean.

(b) HIE Account Management Support (circulated – Arthur)

Ann Marie Reid from HIE joined the phone conference for this item of business. A copy of our Development Plan with HIE had been circulated. It was noted that there were some amendments to be made to this plan and an updated copy would be brought before the Board.
HIE plan to help Fèisean nan Gàidheal with the delivery of its Fèisgoil service by giving Business Development Support.

Following a recent meeting with Arthur the following four shared Actions had been agreed:

1 Marketing Strategy Workshops would be organised. Arthur has now been given possible dates when these could take place and needs to liaise with Fèisean nan Gàidheal staff and Blas Committee as to which are most suitable.
2 Fèisean nan Gàidheal will participate in a Scottish Development International's International Strategy Workshop which is designed to assist develop its business strategy and action plans to internationalise.
3 The possibility of recruiting a graduate through the Talent Scotland Graduate Placement Programme to help develop the Fèisgoil service would be investigated.
4 Fèisean nan Gàidheal will participate in HIE's Music Trade Network. Arthur will meet with Iain Hamilton of HIE regarding this.

It was agreed that Ann Marie would report back to a future Executive Group meeting to update them on how things were progressing.

(c) Commonwealth Games (verbal – Arthur)

Arthur and Calum Alex had recently attended a meeting in Glasgow with representatives from the Commonwealth Games Committee and others to discuss the potential for Fèisean to be involved with the Opening/Closing Ceremonies of next year's Commonwealth Games. He felt strongly that Gaelic and Scottish Traditional Music should be included and that we were the best organisation to offer this.

The Games Committee do not appear to have put together firm plans for the ceremonies and Arthur would continue to push for our involvement. Work would then need to be done to produce a "spectacular" performance.

EX3.2013.06 BOARD MEETING

(a) Agenda items for forthcoming Board meeting

The next Board Meeting is due to take place in Edinburgh on 27 September.

As well as the usual agenda items it was agreed to include the following:

- Annual Report
- Annual Accounts
- Drama presentation by Dougie and Angus
- Blas Update
- Board Election

EX3.2013.07 GENERAL

(a) AOCB

There were no further items of business

(b) Date and venue of next meeting

It was agreed not to set a date for the next Executive Group meeting at the moment. This would be done following the election of the new Board later in the year.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2013.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne anns a' chiad ràithe de 2013-14.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean 2013 agus 30 Ògmhios 2013 a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn an-dràsta a' beachdachadh air pròiseactan le Fèis Bharraigh agus Fèis Fhoirt.	

AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn an-dràsta ag ùrachadh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne agus nì sinn a h-uile oidhirp cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh sa bhuidhinn againn fhìn agus anns na Fèisean.	
AC6	Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma	Leasachaidhean Ùra	Bha Meanbh-Chuileag air chuairt le dealbh-chluich ùr stèidhichte air beatha John Muir tràth ann an 2013-14. Faicibh BnG10 gu h-ìosal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a bhios ga cumail san luchar.	
AC7	Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile	Leasachaidhean Ùra	Shoirbhich a-rithist le tachartas còmhnaidheach, Còig Latha, a chaidh a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2013 far an robh 17 deugairean ag ionnsachadh ceòl is seinn agus cuideachd a' dol an sàs ann an diofar obraichean is chur-seachadan ann an coimhearsnachd Ghàidhlig, leithid fighe, seòladh, obair croitearachd, gearradh mòna is còcaireachd.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thug an Sgioba-G taic a thaobh na Gàidhlig do 4 Fèisean aig a' Chàisg 2013.	
AC9	A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra	Cha deach obair a dhèanamh mu choinneimh an amais seo sa chiad ràith den bhliadhna.	
AC10	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air taic-airgid a thabhann son seo agus tha sinn gu bhith ag obair ann an co-bhonn ri Tobar an Dualchais. Tha sinn air a bhith a' crìochnachadh chùmhnant le HLP agus bidh sinn ann an suidheachadh òigridh a tharraing airson pàirt a ghabhail le sùil ri trèanadh a chur air dòigh san t-Sultain.	
AC11	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2013-14. Le bhith stèidheachadh Fèisgoil, fhuair sinn cùmhnant ùr bho Chomhairle Rinn Friù agus bidh sinn a' teagasg fìdeig sna sgoiltean aca bhon Lùnastal air adhart.	
AC12	Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tro Fèisgoil, tha sinn air a bhith a' cur air adhart obair le sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd. Tha sinn air a bhith a' teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean Pheairt is Cheann Rois. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le ullachadh airson mòdan ionadail agus chùm sinn Meanbh-Fhèisean ann am Bun-sgoil Chaileanaich agus Àrd-sgoil Phort Rìgh.	
AC13	Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chuir sinn trèanadh Gàidhlig air dòigh los gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an clasaichean nam Fèisean agus tha sinn an dùil cùrsaichean a chumail nas fhaide dhen bhliadhna airson daoine a tha a' gabhail pàirt sna Cèilidhean air Chuairt agus airson oidean is luchd-eagrachaidh. Faicibh InG6 gu h-ìseal airson fios mu thrèanadh son luchd-teagaisg.	

AC14	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Dh'obraich sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart is bidh sinn ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig is buidhnean eile gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dràma Ghàidhlig. Bidh ainn a' co-obrachadh le Highlife Highland air Pròg ram nan Sgoiltean airson Blas agus leis a' Chomunn Gàidhealach ag ullachadh chloinne airson mòdan ionadail.	
AC15	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh taic-airgid bhon roinn phrìobhaideach ged is e obair dhuilich a tha seo. Cha deach leinn goistidheachd fhaighinn airson Blas 2013.	
AC16	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Bidh sinn a' reic bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile.	
AC17	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Gu ruige seo, ann an 2013-14 cha robh mòran chothroman gus tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair chumail. Ach, bidh tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail agus bidh aon bhuidheann, Fèis Fhoirt, ag amas air cuirm shònraichte a chur air dòigh le Karen NicMhathain san luchar.	
AC18	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. Tha a' mhòr chuid den obair choiteachaidh sam bi sinn an sàs ag amas air leasachaidhean anns na h-ealain Ghàidhlig adhartachadh.	
AC19	Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh program Blas 2013 fhoillseachadh san Ògmhios agus bidh fèis gu math nas motha againn am-bliadhna le 50 cuirm agus barrachd air 50 tachartas eile ann an coimhearsnachdan. Bidh bàird is luchd-ciùil bho Èirinn ann a-rithist le Cuairt nam Bàrd a' leantainn le taic bho Cholmcille. Bidh pìos ciùil ùr ann bho Chalum MacCruimein agus co-obrachadh air pròiseact ùr le Theatar Nàiseanta na h-Alba.	
AC20	ail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean Ùra	Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2013 agus bidh iad a' cluich aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bidh Fèis Rois a' cumail pròg ram farsaing de Trad Trails a-rithist, a thuilleadh air dà bhuidheann Cèilidh air Chuairt aca.	
AC21	ail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta	Com-pàirteachas	Bidh Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an lìbhrigeadh Ro-innleachd nan	

	ain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an ' Ealain Ghàidhlig	agus Cùmhnantan	Ealain Gàidhlig a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine. Faicibh BnG18 gu h-ìseal mu chonaltradh leis an Oifigear Ealain is Cultarail.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. Faicibh BnG2 gu h-ìseal.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thèid Co-labhairt 2013 a chumail ann an Dùn Èideann air 27 is 28 Sultain.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois. Bidh sin nag obair cuide ri Fèis Spè ann an oidhirp ionmhas fhaighinn airson leasachaidhean a mhaoineachadh.	
AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach.	
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus chaidh rannsachadh a dhèanamh an-uiridh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean. Tha buaidh air a bhith aig toraidhean an rannsachaidh sin air ar modhan-obrach. Bidh sinn cuideachd a' measadh ar n-oidean YMI, a' sealltainn orra sna sgoiltean, gus na comasan aca a mheasadh agus gus moladh dhaibh ciamar a b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air na dòighean-teagaisg aca. Thèid measadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh bho àm gu àm air obair Fèisean nan Gàidheal le buidhnean a tha cur airgead an seilbh na h-obrach sin.	

Fiosrachadh Àireamhail							
Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	18.2	Teachd-a-steach bho mhalairt	£154,376	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	0	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	4
Tabhartasan do dh'Fhèisean	£52,188	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£208,752	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£156,564	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1
Tachartasan cultarach	34	Daoine a gheibh buannachd	2,683	Compàirtichean	871	Luchd saor-thoileach	80
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	2	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	1	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	4	Luchd-trèanaidh	18
Performance fees	**-**	**-**	**3,177**	4,261
Other income	**-**	**-**	**6,218**	7,694
Ceilidh Trails - other income	**-**	**-**	**20,128**	60,535
Drama festivals	**-**	**-**	**3,709**	-
Wages reimbursed by Feisean	**-**	**-**	**15,297**	25,093
Training registration fees	**-**	**-**	**4,247**	5,370
Box office / concerts	**-**	**-**	**27,600**	39,486
Celtic Neighbours	**-**	**2,731**	**2,731**	-
	219,511	**112,231**	**1,212,089**	1,259,537

NOTES TO THE FINANCIAL STATEMENTS - CONTINUED
for the Year Ended 31 March 2013

5. INCOMING RESOURCES FROM CHARITABLE ACTIVITIES - continued

Grants received, included in the above, are as follows:

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Creative Scotland	352,501	403,805
Highland Council	340,404	340,404
Comhairle nan Eilean Siar	23,950	15,980
Argyll & Bute Council	20,000	7,000
Highland & Islands Enterprise	166,948	165,724
Bord na Gaidhlig	148,800	132,645
Scottish Government	8,000	-
Comunn na Gaidhlig	900	8,250
Leader (Argyll)	4,999	3,417
Soillse	-	(900)
Scotland's Islands	-	30,000
Leader (Highland)	41,675	5,523
Storlann Nàiseanta na Gàidhlig	8,975	5,250
Perth & Kinross Council	11,830	-
	1,128,982	1,117,098

6. FUNDRAISING TRADING: COST OF GOODS SOLD AND OTHER COSTS

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Instrument bank costs	4,273	4,327
Blas - Artises costs	45,946	55,972
Blas - Travel and support	16,052	26,406
Blas - PA and lighting	14,523	23,975
Blas - Venue hire	391	1,103
Blas - Promotion	27,439	41,246
Blas - Project manager	39,640	39,960
Blas - Commissions	7,863	11,453
	156,127	204,442

7. CHARITABLE ACTIVITIES COSTS

	Direct costs	Grant funding of activities (See note 8)	Support costs (See note 9)	Totals
	£	£	£	£
Core activities	347,849	214,270	258,644	820,763
Training	3,672	-	-	3,672
Blas Festival	12,000	-	2,045	14,045
Schools project	219,511	-	-	219,511
Gaelic residential	111,363	-	-	111,363
	694,395	214,270	260,689	1,169,354

NOTES TO THE FINANCIAL STATEMENTS - CONTINUED
for the Year Ended 31 March 2013

8. GRANTS PAYABLE

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Core activities	214,270	197,460

The total grants paid to institutions during the year was as follows:

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Grants to Fèisean	214,270	197,460

9. SUPPORT COSTS

	Management	Finance	Totals
	£	£	£
Core activities	258,138	506	258,644
Blas Festival	1,958	87	2,045
	260,096	593	260,689

10. GOVERNANCE COSTS

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Committee expenses	4,463	3,350
Legal fees	1,947	149
Auditors' remuneration	5,889	5,236
Auditors' remuneration for non-audit work	1,284	2,150
Annual conference	4,718	11,137
	18,301	22,022

11. NET INCOMING/(OUTGOING) RESOURCES

Net resources are stated after charging/(crediting):

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Auditors' remuneration	5,889	5,236
Depreciation - owned assets	1,048	1,396

12. TRUSTEES' REMUNERATION AND BENEFITS

There were no trustees' remuneration or other benefits for the year ended 31 March 2013 nor for the year ended 31 March 2012.

Trustees' expenses
There were no trustees' expenses paid for the year ended 31 March 2013 nor for the year ended 31 March 2012.

NOTES TO THE FINANCIAL STATEMENTS - CONTINUED
for the Year Ended 31 March 2013

13. STAFF COSTS

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Wages and salaries	316,865	331,880
Social security costs	25,769	31,344
Other pension costs	10,484	8,993
	353,118	372,217

The average monthly number of employees during the year was as follows:

	31.3.13	31.3.12
Charitable activities	9	12
Support costs	4	4
	13	16

During the year no employees received emoluments in excess of £60,000 (2012 - none).

14. SUBSIDIARY COMPANY

Fèisean nan Gàidheal owns 100% of the issued share capital of Blas Festival Ltd, a company registered in Scotland. This company was incorporated to operate an annual arts festival of the same name.

Audited accounts have been filed with the Registrar of Companies and have been consolidated with those of Fèisean nan Gàidheal in the group accounts presented here.

A summary of the trading results, as extracted from the audited accounts, for the years to 31 March 2013 and 2012 are shown below.

	2013	**2012**
	£	**£**
Turnover	**166,600**	222,986
Cost of sales	**151,854**	200,115
Gross profit	**14,746**	22,871
Administrative expenses	**14,984**	22,942
Profit / (loss) for year	**(238)**	(71)
Interest receivable / (payable) for year	**(87)**	(97)
	(325)	(168)
Taxation	**-**	-
Profit / (loss) after taxation	**(325)**	(168)
Net (liabilities) / assets at 31 March	**(2,691)**	(2,366)

NOTES TO THE FINANCIAL STATEMENTS - CONTINUED
for the Year Ended 31 March 2013

15. TANGIBLE FIXED ASSETS

	Plant and machinery	Computer equipment	Totals
	£	£	£
COST			
At 1 April 2012 and 31 March 2013	11,042	2,791	13,833
DEPRECIATION			
At 1 April 2012	8,421	1,221	9,642
Charge for year	655	393	1,048
At 31 March 2013	9,076	1,614	10,690
NET BOOK VALUE			
At 31 March 2013	1,966	1,177	3,143
At 31 March 2012	2,621	1,570	4,191

16. DEBTORS: AMOUNTS FALLING DUE WITHIN ONE YEAR

	31.3.13	31.3.12
	£	£
VAT	1,608	2,113
Grants receivable	72,131	89,164
	73,739	91,277

17. CREDITORS: AMOUNTS FALLING DUE WITHIN ONE YEAR

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Social security and other taxes	7,732	9,273
Accruals and deferred income	58,250	-
Accrued expenses	23,763	10,661
	89,745	19,934

Deferred government grants relate to income received from funders for projects to be run during the year ended 31 March 2014.

18. MOVEMENT IN FUNDS

	At 1.4.12	Net movement in funds	At 31.3.13
	£	£	£
Unrestricted funds			
General fund	86,053	(3,264)	82,789
TOTAL FUNDS	86,053	(3,264)	82,789

NOTES TO THE FINANCIAL STATEMENTS - CONTINUED
for the Year Ended 31 March 2013

18. MOVEMENT IN FUNDS - continued

Net movement in funds, included in the above are as follows:

	Incoming resources £	Resources expended £	Movement in funds £
Unrestricted funds			
General fund	1,340,518	(1,343,782)	(3,264)
TOTAL FUNDS	1,340,518	(1,343,782)	(3,264)

19. APB ETHICAL STANDARD - PROVISIONS AVAILABLE FOR SMALL ENTITIES

In common with many other businesses of our size and nature we use our auditors to prepare and submit returns to the tax authorities and assist with the preparation of the financial statements.

20. ULTIMATE CONTROLLING PARTY

There is no ultimate controlling party.

DETAILED STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES
for the Year Ended 31 March 2013

	31.3.13 £	31.3.12 £
INCOMING RESOURCES		
Voluntary income		
Membership fees	4,486	5,828
Activities for generating funds		
Sponsorships	7,500	-
Sale of publications	1,877	1,339
Instrument bank revenue	8,081	7,581
Administration fees	106,314	131,258
	123,772	140,178
Investment income		
Deposit account interest	171	728
Incoming resources from charitable activities		
Grants	1,128,982	1,117,098
Training registration fees	4,247	5,370
Performance fees	3,177	4,261
Box office / concerts	27,600	39,486
Other income	6,218	7,694
Ceilidh Trails - other income	20,128	60,535
Celtic Neighbours	2,731	-
Drama festivals	3,709	-
Wages reimbursed by Fèisean	15,297	25,093
	1,212,089	1,259,537
Total incoming resources	1,340,518	1,406,271
RESOURCES EXPENDED		
Fundraising trading: cost of goods sold and other costs		
Instrument bank costs	4,273	4,327
Blas - Artises costs	45,946	55,972
Blas - Travel and support	16,052	26,406
Blas - PA and lighting	14,523	23,975
Blas - Venue hire	391	1,103
Blas - Promotion	27,439	41,246
Blas - Project manager	39,640	39,960
Blas - Commissions	7,863	11,453
	156,127	204,442
Charitable activities		
Wages	182,391	198,563
Development officers / tutors	110,637	117,555
Travel expenses etc	47,630	40,378
Child protection costs	11,095	13,034
Carried forward	351,753	369,530

DETAILED STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES
for the Year Ended 31 March 2013

	31.3.13	31.3.12
	£	£
Charitable activities		
Brought forward	351,753	369,530
Training	3,051	6,381
Workshops	10,874	28,962
Materials	9,295	11,745
Feisgoil	12,192	-
Archiving project	3,000	-
Sgoil Shamhraidh	13,225	33,380
Ceilidh trail	125,581	90,600
Meanbh-chuileag / Pantomime	4,400	-
Tachartasan Comhnaidh	9,228	1,572
Fonn Ratharsair	8,276	-
Festival costs	2,572	16,244
Celtic Neighbours	29,483	-
Project management	3,895	15,000
Meanbh Fèis	1,256	-
Management charge	106,314	131,258
Grants to Fèisean	214,270	197,460
	908,665	902,132
Governance costs		
Committee expenses	4,463	3,350
Legal fees	1,947	149
Auditors' remuneration	5,889	5,236
Auditors' remuneration for non-audit work	1,284	2,150
Annual conference	4,718	11,137
	18,301	22,022
Support costs		
Management		
Wages	134,474	133,317
Social security	25,769	31,344
Pensions	10,484	8,993
Office rent	16,184	26,863
Insurance	6,236	6,418
Light and heat	9,005	7,189
Telephone	8,114	7,547
Printing, postage & stationery	12,346	13,010
Sundries	2,176	4,826
Website	1,162	6,440
Staff travel and expenses	23,875	24,736
Capital costs	9,223	6,807
Depreciation of tangible and heritage assets	1,048	1,397
	260,096	278,887
Finance		
Bank charges	593	572
Total resources expended	1,343,782	1,408,055

DETAILED STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES
for the Year Ended 31 March 2013

	31.3.13 £	31.3.12 £
Net expenditure	(3,264)	(1,784)

Fèisean nan Gàidheal

Atharrachaidhean ri ar cunntas le Banca Dhail Chluaidh Plc

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2013.03(g)

Adhbhar a' Phàipeir

Aonta a' Bhùird fhaighinn airson gabhail ri seirbheis ùr air-loidhne bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc.

Bun Fhiosrachadh

Tha Banca Dhail Chluaidh air atharrachaidhean a dhèanamh ris an t-siostam air-loidhne aca agus tha casg air a' chunntas againne barrachd air £10,000 a phàigheadh a-mach taobh a-staigh latha.

Tha seo ag adhbharachadh thrioblaidean dhuinn aig amannan, gu sònraichte nuair a tha sinn a' pàigheadh a-mach tuarastail, tabhartasan do ghrunn Fhèisean aig an aon àm, no ma tha àireamh mhòr de fairdealan ri pàigheadh nuair a tha Blas a' dol air adhart, mar eisimpleir.

An Tairgse bho Bhanca Dhail Chluaidh

An dèidh dhuinn na trioblaidean seo a thoirt gu aire a' bhanca, tha iad air seirbheis nas adhartaiche a thairgse a cheadaicheadh dhuinn suas ri £100,000 a phàigheadh a-mach taobh a-staigh latha le tèarainteachd a bharrachd na chois.

Bha an t-seribheis seo a-riamh ri fhaotainn, ach aig cosgais. Ach leis na trioblaidean a tha air a bhith againn, tha iad a' tairgse seo a thoirt dhuinn an-asgaidh airson bliadhna nuair a thèid sùil a thoirt air cùisean a-rithist.

Gnìomh a dhìth

Thathar a' sireadh aonta a' Bhùird:
(1) Gun gabhamaid ris an tairgse bhon a' Bhanca airson na seirbheis ùr le ìre chead nas àirde;
(2) Gun tèid am briathrachas a tha a dhìth air a' Bhanca (air an ath dhuilleag) a-steach gu geàrr-chunntas na coinneimh; agus
(3) Gun cuireadh Fiona Johnston (Rùnaire a' Chompanaidh) agus Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche) an ainmean-sgrìobhte ris na pàipearan iomchaidh as leth a' Bhùird airson na seirbheis a steìdheachadh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2013

To Clydesdale bank PLC (Trading as 'Clydesdale Bank' and 'Yorkshire Bank') ('the Bank')

I, Fiona Johnston, the Company Secretary of Fèisean nan Gàidheal registered under Company Number SC130071 (the "Company") hereby certify that the Terms and Conditions applicable to the Bank's BusinessOnline banking service, were considered by the Company's Board of Directors who agreed:- (i) that it was in the best interests of the Company to nominate the Customers bank accounts and the Corporate Administrator(s) as listed on the registration form for the Banks BusinessOnline service and to accept the Terms and Conditions: and to (ii) authorise any one director or the secretary or any authorised signatory to execute the registration form for the Bank's BusinessOnline banking service together with any annexures thereto. The resolution giving that authority was validly passed at a quorate meeting of the Company's Board of Directors which was properly convened and held and is in full force and effect.

Fèisean nan Gàidheal

Sgrùdadh Alba Chruthachail air Ceòl ann an Alba

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2013.04(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill mu sgrùdadh a chaidh a dhèanamh le Alba Chruthachail air ceòl ann an Alba.

Bun Fhiosrachadh

Tha Alba Chruthachail air a bhith a' sgrùdadh raointean eadar-dhealaichte den obair aca ann an oidhirp leasachaidhean a thoirt air an dòigh 's a bheil iad a' cumail taic ris na h-ealain agus na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

Tha na sgrùdaidhean seo ag amas air:

- Sealladh farsaing a thoirt seachad air gach raon
- Stiùir a thoirt do dh'Alba Chruthachail air prìomhachasan airson taic-ionmhais san àm ri teachd
- Bunait a stèidheachadh airson dòighean-dèiligidh ro-innleachdail a chur an gnìomh a thaobh taic-ionmhais agus coimiseanan ùr

Sgrùdadh Roinneil air Ceòl ann an Alba

Chaidh an aithisg aig Alba Chruthachail air Ceòl ann an Alba fhoillseachadh bho chionn greis. Le pàipearan-taice tha i a' ruith gu 187 duilleagan. Mar sin, chan eil mi air a cur an lùib nam pàipearan! Ghabhadh a luchdachadh-a-nuas tron cheangal seo https://dl.dropboxusercontent.com/u/5730322/CSMusicSectorReviewReport.pdf.

Tha na prìomh cho-dhùnaidhean ag ràdh:
"The overall picture is of a healthy music scene with a determination to succeed and prosper despite an honest appraisal of needs and shortcomings. Vitality, talent and commitment all ensure that music in Scotland continues to be - as it has always been - a force to be reckoned with.

Since devolution music has received increasing attention for its value as a creative industry as well as for its cultural importance. A national policy overview for music specifically (rather than cultural and creative industries in general) would be beneficial and help propel the music scene further."

Tha Fèisean nan Gàidheal air ainmeachadh grunn thursan san aithisg ann an dòigh a tha gu math taiceil. Tha fear de na co-dhùnaidhean ag innse dhuinn: "The traditional music sector is a clear success for Scotland, but still voices real concern about recognition and status."

Tha co-dhùnadh eile ag innse dhuinn: "The national youth music organisations [including Fèisean nan Gàidheal] are strong and of a high quality and operate in part as valuable development organisations. They should be acknowledged as permanent and given security in recognition of their national status."

Thathar an dòchas, as bith dè na ceumannan a ghabhas Alba Chruthachail an dèidh an sgrùdaidh, gum bi bunait làidir aig Fèisean nan Gàidheal ionmhas leantainneach fhaighinn san àm ri teachd.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don aithisg seo agus don mholadh a tha Fèisean nan Gàidheal a' faighinn innte.

Art MacCarmaig
Ceanard
Sultain 2013

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Agenda Item: 3.2013.05(a)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Bun fhiosrachadh

Cha bhi mi a' dèiligeadh san aithisg seo ach ri cùisean nach eil a' nochdadh ann an aithisgean eile don Bhòrd.

Fèis Rois

Is mise prìomh oifigear taic do dh'Fhèis Rois agus tha an fhèis air a bhith air leth trang mar is àbhaist. Bha mi an làthair aig Coinneamh Bhliadhnail agus coinneamh de bhòrd na buidhne air 17 Sultain. Seo cuid de na prìomh rudan sa bheil iad an-sàs:

- Fhuair Fèis Rois taic-airgid bho Alba Chruthachail airson Cuairt Cèilidh Nàiseanta a ruith, a bharrachd air na cèilidhean air chuairt a bhathar a' ruith gu h-ionadail ann an sgìre Rois, le taic bho Fèisean nan Gàidheal
- Fhuair Fèis Rois taic de £10,223 bhon stòras calpa aig Alba Chruthachail airson àirneis oifis agus uidheamachd ùr ICT a cheannach
- Thathar air iarrtas a chur a-steach airson taic bhon stòras ealain thraidiseanta aig Alba Chruthachail gus Seonaidh Somerville fhastadh airson pìos ciùil ùr a sgrìobhadh airson 2014 stèidhichte air cuspairean co-cheangailte ri eilthireachd agus tilleadh dhachaigh
- Tha Ceitidh NicDhòmhnaill air obair fhaighinn na Co-òrdanaiche phròiseactan, le taic bhon stòas aig Alba Chruthachail airson Leasachadh Tàlant. Bidh i ag obair a dh'ionnsaigh Teisteanas aig Ìre 3 ann an Stiùireadh Ealain Choimhearsnachd fhad 's a bhios i aig Fèis Rois
- Bidh Fèis Rois a-rithist a' cur seiseanan ICO air dòigh as leth Fèisean nan Gàidheal ann an grunn sgoiltean ann an sgìrean Gallaibh, Rois, Inbhir Nis agus Inbhir Narainn
- Bidh Fèis Rois a' cur air dòigh clasaichean gach seachdain airson Sradagan Inbhir Pheofharain
- Fhuair còmhlan Cèilidh air Chuairt Fhèis Rois cuireadh a chluich aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann am Pàislig san Dàmhair
- Bidh Fèis Rois nan Deugairean a' dol air adhart ann an Ulapul rè làithean saora nan sgoiltean san Dàmhair

Coinneamhan is eile bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

01.06.13	Compàirt ann an Latha Fosgailte Gàidhlig ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh
06.06.13	Làthaireachd aig coinneamh Comann nam Pàrant Port Rìgh
13.06.13	A' cur Blas 2013 gu seòl an Cùirt an Aodainn
17.06.13	Làthaireachd aig coinneamh Alba Chruthachail son còmhraidhean mu ro-innleachd nàiseanta ealain na h-òigridh
25.06.13	A' toirt taic le solais agus fuaim aig Meanbh-fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh
28.06.13	Taisbeanadh aig co-labhairt Nàbannan Ceilteach aig SMO
01.07.13	Làthaireachd aig Fèis Alba (seachdain 1)
03.07.13	Bùth-obrach ann an ceòl-taic so sheinneadairean aig Fèis Alba (seachdain 1)
08.07.13	Làthaireachd aig Fèis Alba (seachdain 2)
09.07.13	Bùth-obrach ann an ceòl-taic so sheinneadairean aig Fèis Alba (seachdain 2)
11.07.13	Làthaireachd aig cuirm Fèis Alba agus an Sgoil Shamhraidh Dràma ann an Sabhal Mòr Ostaig
17.07.13	Làthaireachd aig cuirm Fèis Fhoirt ann an Loch Laomainn
30.07.13	Coinneamh le Rachael MacCormick, Stiùiriche Neartachadh Choimhearsnachdan aig InG
22.08.13	Coinneamh le Ann Marie Reid aig InG mu program-obrach Fèisean nan Gàidheal
26.08.13	Coinneamh le Àros mun phròiseact Guth na h-Òige
27.08.13	Coinneamh leis an sgioba a bhios an sàs anns na Geamaichean Cho-fhlaitheis
27.08.13	Coinneamh le Jackie Mullen bho Bhun-sgoil Chaileanaich mu dheidhinn Fèisgoil
28.08.13	Coinneamh le Drew Hendry, Ceannard Chomhairle na Gàidhealtachd mu Bhlas
29.08.13	Bùth-obrach seinn airson Lasair (Iomairt Ghàidhlig) agus oileanaich an t-Sabhail Mhòir
04.09.13	Agallamhan air BBC Scotland agus Radio nan Gàidheal mu Bhlas
06.09.13	Agallamh air BBC Radio Scotland mu Bhlas
06.09.13	Làthaireachd aig cuirm Bhlas ann am Port Rìgh

07.09.13	Làthaireachd aig cuirm Bhlas ann an Cùirt an Aodainn
11.09.13	Làthaireachd aig cuirm Bhlas ann an Dùn Bheagain
12.09.13	Coinneamh le Shirley Tennant, Stiùiriche aig InG
12.09.13	Làthaireachd aig cuirm Bhlas ann an Cùirt an Aodainn
13.09.13	Làthaireachd aig cuirm Bhlas anns a' Ghearasdan
14.09.13	Làthaireachd aig cuirm Bhlas ann an Cùirt an Aodainn
17.09.13	Làthaireachd aig Coinneamh Bhliadhnail agus coinneamh de bhòrd Fèis Rois
25.09.13	Làthaireachd aig fosgladh oifigeil Bun-sgoil Taobh na Pàirce an Dùn Èideann
26.09.13	Làthaireachd aig coinneamh Comann nam Pàrant Port Rìgh

Ainm	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh air fad gu cunbhalach a' toirt stìuireadh dhaibh air diofar phròiseactan agus dhan cuideachadh le leasachaidhean ùra. Tha mi a' cumail taic chunabhalach dha Fèis Dhuneideann, Fèis Fhoirt agus Fèis Ghallaibh. Airson grunn mhiosan bha mi a' cumail taic ri cuid dha na Fèisean anns na h-Eileanan Siar agus Lochabair fhad 's a bha dà dhreuchd ban an sin, tha sin a-nis air atharrachadh bhon a thòisich an dithis oifigear ùra.

Tha mi air a bhith a' cumail taic nas motha do Rachel agus Shona bhon a thòisich iad còmhla rinn sa Ghiblean.

Chòrd e rium a bhith a' dol mun cuairt cuid dha na Fèisean tron t-samhraidh. Bha mi conaltradh gu cunbhalach le na h-oifigearan airson a' faighinn a-mach mar a bha cuisean a" dol le na Fèisean aca fhèin 's dèanamh cinnteach gu robh iad a' faighinn an taic iomchaidh.

Chuir mi iarrtas a-staigh do Dh' Alba Chruthachail agus a' mhaoin a' th' aca airson pròiseactan beag calpa. Bha seo soirbheachail 's bidh e a-nis comasach dhuinn uidheamachd IT a cheannach airson na Fèisean.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dheanmah**

Tha mi gu bhith coinneachadh le dithis a tha fuireach ann an Cille Bhrighde an Ear agus ùidh ac' Fèis a' stèidheachadh sa sgìre.

Tha mi dèanamh adhartas gus comataidh ùr a tharraing ri chèile ann an Obar Dheathain airson an Fhèis ath-bheothachadh an sin.

Chaidh meanbh-fhèis a chumail ann am Bun Sgoil Chaileanach ann an Glaschu agus ann an Àrd-sgoil Phort Righ san t-Òg mhios.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.**

Chuir Fèis Bharraigh pròiseact cultairail air dòigh san Lùnastal airson deugairean na fèise. Bha na deuagirean an sàs le iasgach, croitearachd, ainmean àite agus rudan inntinneach spòrsail a bha air an stiùireadh le daoine gu h-ionadail.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh sinn a' cumail oirnn a' tabhann cothroman Gàidhlig ionnsachadh do luchd-teagaisg nam Fèisean an dà chuid aig bùithtean-obrach ann an diofar sgìrean agus aig Fèisean fhad 's a tha na tachartasan ac' a' gabhail àite.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Chaidh 5 Latha a chumail eadar 8-13 Giblean. Bha seachdain air leth sonraichte againn le seachd-deug a' gabhail pàirt san t-seachdain. Rinn sinn measgachadh math de chur-seachadan stèidhichte air obraichean traidiseanta mar iasgach, croitearachd agus gnìomhachas an Clò Mòr 's chaidh tòrr bèicearachd a dhèanamh le na com-pàirtichean. Dh' ionnsaich iad cuideachd òrain is fuinn 's chaidh consart a chumail ann an sgìre Shiabist far an d'thànaig còrr is leth-cheud duine a-mach. Fhuair sinn deagh fiosrachaidh air ais bho nan fheadhainn a bha air 5 Latha a fhrithealadh.

AC9 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Bidh Sgioba-G a' frithealadh Fèis a' Bhaile, Fèis Fhoirt agus a' cumail taic ri Fèis Spè air na seachdainean a tha romhainn.

AC12 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Tha na h-òrain a chaidh a sgriobhadh anns a' phròiseact ann an co-bhonn le Watercolour air an làrach. Tha sinn a' feuchainn ri taic a chumail le sgriobhadh òrain ùr aig gach cothrom, 's tha e cuideachd math a bhith faicinn gu bheil cuid dha na Fèisean a brosnachadh na com-pàirtichean aca fhèin a bhith sgriobhadh òrain ùra.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh sinn a' cumail oirnn a tabhann cothroman trèanaidh do luchd-obrach, luchd-tegaisg agus luchd-saor-thoileach nam Fèisean ann an diofar seòrsa chuspairean.

Mar luchd-obrach bidh sinn a' dèanamh co-dhiù ceithir seiseanan trèanaidh còmhla agus cho fad 's is urrainn bidh iad seo tro mheadhain na Gàidhlig. Air a bhliadhna seo tha sinn air obair na meadhanan, dealbhadh graificeach agus taisbeanaidhean powerpoint a dhèanamh mar cuspairean.

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air an riochdachadh aig coinneamhan de Fhoram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig agus cuideachd Buidhean Ciùil airson Òigridh na Gàidhealtachd ai a bheil làrach-lìn ùra - www.highlandyouthmusic.org.uk

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha mi ag obair gu dlùth ris a cheannard agus ri stiùiriche na Fèise airson program Blas a chuir air dòigh. Bha mi an làthair aig tòrr dha na tachartasan am bliadhna agus bha e ffollaiseach gu robh a' chuis a' còrdahd ris na bha an làthair agus chòrd e rium fhìn gu mòr. Tha e toirt toileachas dhomhsa a bhith faicinn an Fìesean an sàs 's bu chaomh leam seo fhaicinn barrachd is barrachd mar phàirt den Fhèi s's bidh sinn ag obair mu choinneamh seo air na miosan a tha romhainn.

AC21 **A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**

Tha sinn ag obair gu dlùth leis an oifigear Ghàidhlig tro choinneamhan Ngas agus mar phàirt den Lionradh Dràma Ghàidhlig

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Anns an t-Sultain chaidh Fèisgoil a chuir air bhog, seirbheis a bhios a' gabhail a-steach pròiseactan foghlaim Fèisean nan Gàidheal a bha gabhail àite mar tha le teagaisg Gàidhlig do sgoiltean far nach eil e air a theagas air a thabhann mar phàirt dheth.

Tha sinn air 30 seachdain de chlasacihean Gàidhlig air a thoirt seachad ann am Peairt is Cinn Rois 's tha sinn an dùil ri tuilleadh iarrtas bho Chomhairlean Ionadail 's tha sinn a' conaltradh le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mu seirbheis a thabhann dhaibh ann sn cuid dha na sgirean aca' Mar phàirt dheth seo dh' ullaich mi panaichean agus buidseatan airson a chuir mu choinneamh na h-oifigearan aig gach comhairle.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**

Chaidh 8 seachdainean de bhùthan-obrach a dhèanamh leis an t-oifigear dràma Aonghas Macleòid anns na h-àrd sgoiltean ann an Inbhir Pheofharain agus cuideachd Baile Dhubhthaich far an do chruthaich buidheann as gach sgoil pìos dràma ùr a chaidh a thaisbeanadh ann a' Ghiblean aig Theatar Eden Court. Bha seo mar phàirt de phròiseact co-obrachaidh eadar sinn fhìn agus Eden Court 's a fhuair maoineachadh bho Lionradh Dràma Ghàidhlig air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail.

Bidh sinn a' coinneachadh le Eden Court a dh'aithghearr airson bruidhinn air an ath ìre leis a' phròiseact seo.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG1 **Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach cothrom, tro thachartasan Fèise, Blas agus cothroman sam bith far am b'urrainn dhuinn seo a dhèanamh. Tha sinn a' neartachadh na ceangalan a th'againn le Comunn nam Pàrant anns na diofar sgìrean anns a bheil an dà bhuidheann againn ag obair air feadh na dùthcha.

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha an co-obrachadh seo a' leanntainn. Tha sinn a' lìonadh clàran fiosrachaidh airson CnaG leis an fhiosrachadh às ùra bho na gnìomhan anns am bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs 's bidh sinn a' frithealadh coinneamhan anns gach sgire airson beachdachadh air na tha tachairt agus dòighean airson leasachadh na cothroman co-obrachaidh.

Tha sinn a' cumail cofaidh is comhradh gach Dimàirt ann am Port Righ, 's tha sinn ag amas air seo a chumail nas cunbhalaiche ann an Inbhir Nis.

Tha sinn a' clàradh na proìseactan/tachartasan a tha a' gabhail àite anns gach sgìre agus na h-uairean a tha sinn a' cur mun coinneamh. Tha na h-oifigearan leasachaidh againn agus oifigearan Iomairt ag obair gu dlùth air diofar phròiseactan is tachartasan tron bhliadhna. Mar eisimpleir, chaidh Fèis an Rubha ath-steidheachadh air a bhliadhna seo le co-obrachadh math eadar an t-oifigear Iomairt is oifigear Fèisean nan Gàidheal ann a bhith a' cumail taic is stiùir dhan a' choimhearsnachd san sgìre.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Tha na Fèisean gu lèir a' cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne le taic cunbhalach bho na h-oifigearan leasachaidh. Tha luchd-teagaisg nam Fèisean a dèanamh adhartas le bhith a cleachdadh na Gàidhlig agus a' gabhail na cothroman trèanaidh a tha air an tabhann dhaibh.

Bidh sinn a' cur trì làithean trèanaidh eile air dòigh dhaibh ro dheireadh na bliadhna ann an Inbhir Nis, Glaschu, agus An Gearasdain/Oban.

Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal a' faighinn trèanadh Ghàidhlig chunabhalach aig ìre a tha freagarrach dhaibh. Tha sinn cuideachd a' feuchainn ri cuid dhan an trèanadh eile againn a dhèanamh tro mheadhain na Gàidhlig mar na meadhanan, dealbhadh graificeach, sgilean taisbeanaidh is eile.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha an obair seo a' leanntainn anns na sgìrean iomairt gu h-àraid.

Aig Blas 2013 dh' obraich sinn gu dluth le Comhairle nan Leabhraichean, Clì agus An Comunn Gàidhealach agus ghaibh iad pàirt anns an Fhèis ann an diofar dhòighean 's bidh sinn ag amas air seo a leudachadh le na buidhnean seo agus tuilleadh buidhnean airson an ath fhèis.

Chum sinn taic le 6 mòdan ionadail le teagasg airson co-fharpaisich air thoiseach air na tachartasan aca. Bha seo mar phàirt de cho-obrachadh ùra leis a' Chomunn.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Gu ruige seo tha sinn air cùmhnantan a lìbhrigeadh do Chomairle Pheairt is Cinn Rois 's tha sinn a-nis a' toirt seachad cùmhnant do Chomairle Rinn Friù mar phàirt de phrogram YMI na sgire.

Tha sinn air comhraidhean a chumail agus dreach plana is buidseat a thoirt seachad do Chomhairle Earra Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Bidh sinn a' lìbhrigeadh seachdain de bhùithtean-obrach agus cuiartean timcheall Caisteal Urachadan aig deireadh an Damhair.

Tha sinn air tòrr oidhirp a dhèanamh gus Fèisgoil a shanas do Ùghdarrasan Ionadail agus Buidhnean Poblach 's bidh sinn a' cumail oirrn a leudachadh an obair a tha sinn a' dèanamh gus tuilleadh cùmhnantan a buannachadh.

BnG7 **Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' toirt cothrom do BnaG aithris a chuir ann an cuid dha na brathan naidheachd againn. Tha a h-uile pìos naidheachd a tha sinn a' sgaoileadh air a chuir dhan Bhòrd.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2014**

Bidh sinn a' cur fiosrachadh a-mach mu 5 Latha 2014 ro dheireadh na bliadhna. Tha fiosrachadh mu 5 Latha 2013 ri fhaicinn gu h-àrd bho targaid AC7.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Tha Fèisean nan Gàidheal a bruidhinn agus a' cumail conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Cultarail. Tha sinn a' gabhail pàirt ann an coinneamhan de Foram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig a bhios air a chuir air dòigh leis an t-oifigear agus Bòrd na Gàidhlig.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2013-14 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £209,459.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £78678.50 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 27 Fèisean.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha suim airgead £4,500 air a chur ma seach airson sgeama leasachaidh 13/14.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2013-14 agus le bhith stèidheachadh Fèisgoil, tha againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Tha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail.

AC18 **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 13/14.

Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail gu 31 Màrt 2013 agus ràitheil gu 30 Ògmhìos 2013 a chur air dòigh.
Fhuair sin dà cuid airgead na bliadhna, £262,500.00 air a-staigh bho Alba Cruthachail.
Airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig, £70,000.00, cuid dà ràithe air tighinn a-staigh
£23,222.00 (50%) airgead Commhairle na Gàidhealtachd air tighinn a-staigh
£24,594.01 bho Iomairt na Gàidhealtachd
£10,880 (85%) bho Comhairle nan Eilean

£20,000 (100%) bho Earra-Ghaidheal is Bhòid

Maoineachadh 12/13
Tha £46,692.96 ri thighinn a-staigh bho LEADER.

Bha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2014. Tha seo leanntaineach agus anns An Giblein thug sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist airson dèanamh cinnteach gu ro e cothromach. Thoir sin sùil eile ar aig deireadh an t-Sultain

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**
Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
Tha sin air tòrr fàirdealan air a pàigheadh a-mach airson Blas 2013.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**
Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2013. Tha £38,000 air a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt. Tha sin fhathast a fèitheamh ri airgead na bliadhna n-uiridh bho LEADER.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**
Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**
Theid Co-labhairt 2013 a chumail ann an Dùn Eideann air 27 is 28 Sultain 2013.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**
Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a' cur ghoireasan sgeama tuarastail air dòigh do Fèis a' Bhaile is Fèis Spè. Tha mi toirt taic do Fèis Spè airgead a tarraing a-staigh bho LEADER agus le gnothaichean goireasan daoine.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**
Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas.
Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**
Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha sinn cuideachd a' toirt sùil air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne agus bha trì làithean treanaidh againn do luchd-obrach am bliadhna.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG2 **A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**
Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh suas, tha sin air 53% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth airson am bliadhna 2012/13, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas nas motha. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha £97,850.00 a tighinn a-staigh airson pròiseactan àbhaisteach ann an 13/14.

InG4 **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**

An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Tha feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt gun chumail sna sgìrean cugallach. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**

Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo, tha 1340 uairean air an clàradh airson am bliadhna ionmhais 12/13. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd -obrach againn . Tha Seonag Anderson aig Clì a toirt taic le feumalachdan Gàidhlig luchd-obrach agus luchd-teagasg. Tha sin a toirt fiosrachadh tachartasan anns an sgìre do Sine Gillespie aig CnaG, a h-uile ràithe.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2013 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2013-14.

CnG4 **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £21,192 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £115,881 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2013-14, a' gabhail a-steach an £21,192 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

CnG5 **Dèan cinnteach gu bheil £24,253 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £24,253, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Builean Chomhairle nan Eilean Siar

Cnes 1 **£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2013-14 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £39,058 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. Tha sin air £24,769.00 air a' pàigheadh a-mach gu Fèisean gu ruige seo.

Cnes 2 **Thèid £2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean**

airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.
Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

AB1 **£9,000 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2013-14 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**
Chaidh maoineachadh luach £26,584 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. Tha £7,420 air a'phàigheadh a-mach gu Fèisean gu ruige seo.

AB2 **Thèid £11,000 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**
Thèid an £11,000 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Ainm	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**
Bha latha trèanaidh aig luchd-obrach tro mheadhan na Gàidhlig air planadh agus sgilean taisbeanaidh. Chaidh an latha a chumail ann am Port Rìgh, aig Oifisean HIE. Tha dithis bho na fèisean a' clàrachadh le SMO airson Cùrsa Comais/Adhartais.

AC10 **A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin**
Thathar a-nis air 6near fhasdadh airson na Pròiseict Tasglann, ach ghabhadh barrachd a thoirt air nam biodh iarrtas ann. An dùil ris a' phròiseict a' tòiseachadh a dh' aithghearr.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**
Bha fichead aig seisean-trèanaidh luchd-teagaisg air 23/24 Gearran 2013, le dithis aig ìre 3, agus an còir gu cothromach eadar ire 1 & 2. Thathar an dùil seisean a bharrachd a ruith ann an Glaschu agus Barraigh am-bliadhna.

Bha seiseanan-thrèanaidh le fèisean gu h-ionadail ann an Uibhist, na Hearadh, Glaschu, Port Rìgh, An Gearasdan (Dìon Chloinne, Deagh Phractas, Togail Airgid, Measadh Chunnairt, a rèir feum), agus chaidh seisean àraid a chur air dòigh air togail airgid ann an Inbhir Nis, le Fèis an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Cholla, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Bhreatainn, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Lochabar, Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Ghleann Albainn, Leodhas agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal far an robh e iomchaidh. Thathar an dùil seisean a chumail san Òban am-bliadhna. Rinn 7near cùrsaichean First Aid as t-Samhradh, eadar luchd-obrach agus muinntir nam fèisean

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig**
Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt san iomairt "Celtic Neighbours", aig a bheil buill anns a' Chuimrigh, Èirinn, agus Alba. Tha neach-obrach Fèisean nan Gàidheal air a' bhòrd-stiùiridh de Cheltic Neighbours CIC. Tha Alba Chruthachail/Bòrd na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan cuideachd a chur ris. Bha co-labhairt "Tional" gu math soirbheachail aca, le com-pàirtichean às iomadh dùthaich. Thèid aithisg a sgaoileadh ri ùine. Pròram ri fhaotainn an seo.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Cuairt nam Bàrd - Chaidh sgioba Albannach a-null a dh' Èirinn sa Ghiblin, le Meg Bateman, Gillebrìde MacIlleMhaoil, Sìneag Nic an t-Saoir agus Ailean MacEanraig, còmhla ri Iona NicDhòmhnaill. Bha cuairt mar phàirt de Bhlas ann, le Proinsias Mac a' Bhàird, Ceaiti Ni Bheildiùin, Eithne Ni Chatháin agus Pádraig Keane.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Cuairt nam Bàrd air feadh na Gàidhealtachd agus Uibhist mar phàirt de Blas ann an 2013.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas PVG aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Thathas a chumail poileasaidh fo sgrùdadh, agus a' toirt taic le bhith ga chur an gnìomh. Tha seiseanan trèanaidh a ruith gu cunbhalach. Chan eil an sgeama deònach barrachd na 25 teisteanasan "retrospective" a dhèanamh gach mìos, agus mar sin tha e cudromach gun lean na fèisean fhèin am poileasaidh Dìon-Chloinne againn a-thaobh trusaidh agus fèin-sgrùdaidh.

Rinn 18 luchd-teagaisg trèanadh air Dìon Chloinne sa Ghearran, còmhla ri Gillian Pincock, agus cuid de na fèisean ionadail eadar An Gearran agus An Giblean.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG6 **A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail iomadh turas thar na bliadhna (112 sa bhliadhna gu 31/3/13).

Bha seiseanan-thrèanaidh le fèisean gu h-ionadail ann an Uibhist, na Hearadh, Glaschu, Port Rìgh, An Gearasdan (Dìon Chloinne, Deagh Phractas, Togail Airgid, Measadh Chunnairt, a rèir feum), agus chaidh seisean àraid a chur air dòigh air togail airgid ann an Inbhir Nis, le Fèis an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Cholla, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Bhreatainn, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Lochabar, Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Ghleann Albainn, agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal far an robh e iomchaidh. Chaidh seisean (air Dion Chloinne agus Meadhanan Sòisealta) a chumail ann an Leòdhas (18 Cèitean) agus thathar an dùil seisean a ruith san Òban fhathast am-bliadhna.

Ghabh 7near (luchd-obrach agus luchd nam fèisean) pàirt ann an cùrsaichean Ciad Chobhair thar na mìosan samhraidh.

Thèid dèiligeadh ri iarrtasan trèanaidh aon-neach a rèir feum, buidseat, agus dlùthachd.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Cofaidh is Còmhradh a' ruith gach seachdain aig oifis Phort Rìgh.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

4 air a chumail suas gu 31/3. Tha na cinn-latha air a shanasachadh air ar làrach-lìn agus tro bhrathan puist-d a chuirear gu na buidhnean Gàidhlig. Chaidh seisean teicnigeach a chumail tro mheadhan na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, air a stiùireadh le Art MacCarmaig, agus seisean air planadh agus sgilean taisbeanaidh ann am

Port Rìgh.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Iomairt, Clì, CnaG – Trèanadh agus taic. A' cleachdadh Clì airson tidsear Gàidhlig aig na clasaichean luchd-obrach agus clasaichean luchd-teagaisg. A' frithealadh choinneamhan Lasair.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhal Cuairt nam Bàrd air Sgoil Lionacleit as t-Sultain, ged nach robh mòran san èisteachd. Thairis air na còig oidhcheannan, bha gann 5near ann aig aois sgoile, agus leis a' chlàr ama teann, cha d' fhuaireas cothrom tadhail air na sgoiltean tro na làithean-sgoile.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Ag obair gu cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair gus an iomairt "Celtic Neighbours" a chur air adhart.

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 9 Fèisean.

AC16 **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2013 air 27/28 an t-Sultain ann an Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Dhun Eideann agus ann Taigh-òsta Malmaison. Chaidh na cuireadhean a' mach.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

Ainm	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Drama**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Chaidh Seonaidh a' Mhonaidh a thoirt timcheall sgoiltean sa Ghiblean is sa Chèitean, le Daibhidh Walker is Debbie NicAoidh nan cleasaichean. Às dèidh deich làithean de dh'ullachadh ann an Inbhir Nis, thòisich a' chuairt, a mhair còig seachdainean 23 Giblean agus thadhail an sgioba air a' mhòr-chuid de bhun-sgoiltean Gàidhlig.

Ghabh mi fhìn àite Debbie dà thuras nuair a b' fheudar dhi ùine a ghabhail dheth gun cus rabhaidh. Bha e follaiseach dhomh gun robh an dealbh-cluiche ag obair mar bu chòir, is gun robh aire na cloinne air a glacadh leis.

Mar phàirt den phròiseact, chaidh Raghnaid Sandilands fhastadh airson eadar-theangachadh a dhèanamh air an leabhran aig Urras Iain Muir. Gheibhear lethbhreac dheth an seo: http://goo.gl/Mbozty .

Mar phàirt de phròg ram sgoiltean Blas chaidh mi air chuairt fad seachdain le tionndadh Beurla aon-neach den dealbh-cluiche. Thadhail mi air na bun-sgoiltean a leanas: Taigh an Uillt, Cill Chrèanan, Am Barra-calltainn, an Apainn, Drochaid Ruaidh, Drochaid an Aonachain, Bainbhidh, Baile a' Chaolais agus Bun-sgoil na Ban-naoimh Brìghde. Ged a bha e na bu choltaiche ri bùth-obrach seach dealbh-cluiche, dh'obraich e air leth math is thathar an dòchas a thoirt air an rathad a-rithist ro dheireadh na bliadhna.

Panto

Tha na cinn-latha air an stèidheachadh airson panto 2013: 2 gu 6 Dùbhlachd, 's dòcha le latha no dhà a bharrachd a rèir iarrtais. Tha na h-àiteanan rin dearbhadh fhathast.

Fèisean Dràma

Ged a bha na bu lugha de sgoiltean as sàs ann am Fèis na bliadhna sa, bha Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar air leth soirbheachail. Bha Bun-sgoiltean Mhalaig, Àth Tharracaill, Rockfield agus an t-Sàilein uile an sàs, is fhuair gach sgoil timcheall air 6 bùthan-obrach bhuam fhìn. Bha Bun-sgoil Taigh a' Chladaich an sàs cuideachd, ach 's iad fhèin a chuir ri chèile an dealbh-cluiche aca. Cha robh againn ach mu 8 seachdainean a h-uile sìon a dhèanamh am-bliadhna, ach cha d' rinn sin cus diofar dhan phròiseact aig a' cheann thall. Uile gu lèir ghabh 93 sgoilear pàirt ann 's iad a' taisbeanadh 6 dealbhan-cluiche ann an Tallaichean a' Chorrain 27 Màrt.

Bidh sinn a' ruith a' phròiseict a-rithist sa bhliadhn'-ùir, ach tha sinn den bheachd gum faigh gach sgoil bùth-obrach ro dheireadh na bliadhna ach am bi iad deiseil airson tòiseachadh sa bhliadhn'-ùir. Ged a tha na h-àireamhan an-dràsta gu math ìseal anns an Àpainn, thuirt an ceannard gum biodh iad deònach a bhioth an sàs an ath-bhliadhna.

Sgoil Shamhraidh

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Bha mi an sàs ann a bhith a' cur ri chèile stuthan airson Sgioba G aig Fèis Lochabair, Fèis Dhùn Èideann agus Fèis Cheann Loch Goibhle am-bliadhna, ged nach robh mi an sàs ann a bhith ga lìbhrigeadh.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Mar a rinn sinn le panto 2012, bha Seonaidh a' Mhonaidh air a sgrìobhadh ann an cànan a bha furasta thuigsinn don chloinn (P4 gu 7), agus thug sinn seachad briathrachas de dh'fhaclan duilich ro-làimh.

Bha grunn abairtean Gàidhlig san tionntadh Bheurla de Sheonaidh a' Mhonaidh, agus chaidh iarraidh air cloinn iad seo a chleachdadh fhad 's a bha an dealbh-cluiche a' dol air adhart.

Fhuair trèanadh airson pròiseact Fèisgoil gu dol Disathairne 1 Dùbhlachd ann an Glaschu, agus thug mi seo seachad còmhla ri Catrìona Nic an t-Saoir. Chùm sinn latha den aon seòrsa ann an Inbhir Nis 25 Cèitean.

Bha mi an sàs anns a' Mheanbh-fhèis a chaidh a chumail ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh 26 Ògmhios, far an robh mi fhìn is Aonghas an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh chlasaichean spòrsail. Bha beagan Gàidhlig an lùib nan clasaichean seo (mas e 's nach robh iad air an cùmail sa Ghàidhlig).

Bidh mi a' toirt seachad cuairtean Gàidhlig do dh'Alba Aosmhor aig Caisteal na Sròine san Dàmhair. Thathas an dòchas gum bi suas gu 10 sgoiltean an sàs. Tha mi air tadhal air an làrach mar-thà, is bidh mi a' dèanamh sin a-rithist ro na saor-làithean gus planaichean a dhèanamh.

Le taic bho Aonghas, bidh mi a' cumail ceithir bùthan-obrach aig an Alltan Bheag, co-labhairt an Stòrlainn do thidsearan ro-sgoile. Bidh tòrr deasachaidh ri dhèanamh, ach cuiridh seo gu mòr ris an stòras againn.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Mar a thuirt mi gu h-àrd tha mi an sàs ann an leasachadh Fèisgoil. Tha leasachadh stuthan teagaisg a' leantainn. Tha sinn an-dràsta a' coimhead ri dòighean gus luchd-teagaisg dràma ùra a thrèanadh.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Faic gu h-àrd airson fiosrachadh mu Fhèis Dhràma Earra Ghàidheal is Loch Abar.

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2013.

Ged a thuirt mi san aithisg mu dheireadh agam nach robh e coltach gum biodh sinn an sas anns a' phròiseact Tillidh Albannaich aig Chas Dòmhnallach, tha an doras fhathast fosgailte. Tha sinn fhathast a' feitheamh air soilleireachadh a thaobh maoineachadh is stiùireadh ge-tà.

Thug mi seachad bùthan-obrach spòrsail aif Mòd Àird nam Murchan san Ògmhios, le còrr is 100 com-pàirtiche an sàs. Rinn mi cuideachd beagan britheamhachd gus am backlog a bh' aca aig na co-fharpaisean a chlìoradh! Roimhe seo thadhail mi air Bun-sgoil Shròn an t-Sìthein grunn tursan airson taic a thoirt dhaibh a thaobh Gàidhlig (rinn mi an aon rud do Bhun-sgoil Bhainbhidh ro Mhòd Loch Abar).

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Bidh Panto 2013 ri fhaicinn sa mhòr-chuid de na sgìrean Iomairt. Tha Ìle air iarraidh oirnn a dhol thuca mar-thà.

Thadhail Meanbh-chuileag air a h-uile sgìre Iomairt ach Ìle is Diùra le Seonaidh a' Mhonaidh. Cha d' rinn iad an gnothach air tadhail air Ìle air sgàth ghnothaichean loidistigeach.

Mar a thuirt mi gu h-àrd, tha FilmG air iarraidh oirnn a dhol a Mhalaig san t-Samhain. Tha iad cuideachd air nochdadh gum bi iad ag iarraidh oirnn a dhol a dh'Àird nam Murchan is Loch Abar, ach cha deach na cinn-latha sin a dhearbhadh fhathast.

Chaidh an Sgoil Shamhraidh a chumail am Port Rìgh am-bliadhna, is tha sinn an dùil a dhol air ais a sin an ath-bhliadhna.

Thathas an dòchas gum bi na trì Bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Loch Abar an sàs ann am Pròiseact Dràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar an ath-bhliadhna.

Ged nach bi i a' gabhail àite ann an sgìre Iomairt, bidh seachdain Chaisteal na Sròine fosgailte do sgoiltean bho air feadh Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Bidh sinn a' cur tagradh gu Taighean-tasgaidh na h-Alba mu choinneamh seirbhis trèanaidh Ghàidhlig don luchd-obrach aca.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Bidh sinn an làthair aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba far am bi cothrom againn coinneachadh ri tidsearan, ughdarrasan ionadail agus buidhnean eile gus Fèisgoil a shanasachd.

Thuige seo tha sinn air dà latha trèanaidh a chur air dòigh do luchd-teagaisg ùra.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Faic aithisg Aonghais airson fiosrachadh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha obair gus leabhran taice do thidsearan a tha ag iarraidh dealbhan-cluiche a dhèanamh sna clasaichean aca fhèin, às leth an Stòrlainn, a-nise deiseil. Bidh sinn a' glèidheadh a' cheagail le Stòrlainn le bhith an làthair aig an Alltan Bheag san Dàmhair.

Chaidh iarraidh oirnn a bhith an sàs ann an seachdain Dhùn Èideann (CnamP) as t-earrach an ath-bhliadhna.

Bidh sinn a' lìbhrigeadh cuairtean Gàidhlig do dh'Alba Aosmhor san Dàmhair.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha FnG ann an conaltradh le grunn ughdarrasan an-dràsta mu Fhèisgoil.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dhràma a chumail ann am Port Rìgh, le 11 com-pàirtiche an sàs, às gach ceàrnaidh den dùthaich.

An àite bhith a' cumail nan clasaichean ann am Bun-sgoil Phort Rìgh, chaidh a h-uile sìon a dhèanamh anns an Àrd-sgoil. Tha e coltach gun robh seo freagarrach do luchd-teagaisg agus com-pàirtichean ri chèile. Rud eile a dh'atharraich sinn am-bliadhna 's e bhith a' cumail na h-oidhche mu dheireadh ann an Talla Dhonaidh Chaimbeil. Bha goireasan TDC air leth math, is fhuair sinn tòrr taice bho Dhonnchadh MacAonghais. Shaoil leis a' mhòr-chuid a chunnaic an dràma gun robh e a cheart cho math ri oidhche thaisbeanaidh na ciad bhliadhna ann an 2006. A bharrachd air an oidhche ann an Slèite, rinn sinn taisbeanadh poblach ann an Ceàrnag Phort Rìgh.

Am measg nan atharrachaidhean eile a thug sinn a-steach am-bliadhna:
Bha nas lugha de luchd-teagaisg againn an turas seo. Ged a bha barrachd uallaich air an luchd-teagaisg eile, bhathas den bheachd gun robh an Sgoil na b' fheàrr air a shon.
Cha d' rinn sinn obair FilmG ach air an oidhche a-mhàin, a' ciallachadh gun robh barrachd ùine againn tron latha airson clasaichean àbhaisteach.
Tha na sgoilearan a-nise a' pàigheadh £150 mu choinneamh chosgaisean – mu 10% den chosgais gu lèir.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

Faic gu h-àrd airson fiosrachadh mu chuairt na bliadhna seo.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Ruigidh sinn an targaid seo gu fursta, eadar an Fhèis Dhràma, pròiseact nan àrd-sgoiltean, bùthan-obrach Blas is obair Film G.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhail mi air 9 bun-sgoiltean rè seachdain Blas le Seonaidh a' Mhonaidh (ann am Beurla). Chunnaic mi timcheall air 230 duine-chloinne.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Bidh sinn a' bruidhinn gu tric ri Brian, is bidh sinn a' cur thuige fios mus a h-uile rud a nì sinn.

Ainm	**Angus Macleod**
Dreuchd	**Drama Officer**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2013

Chaidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhnasa a chumail ann am Port Rìgh rè a' chiad ceala-deug de làithean-saora na sgoile ann am Port Rìgh eadar Diluain 1 Iuchar gu Dihaoine 12 Iuchar. Ghabh 11 deugairean eadar 14 agus 17 bliadhna a dh'aois pàirt ann.
Phàigh gach compàirtiche cosgais de £150. Phàigh compàirtichean airson na cosgaisean-siubhail aca cuideachd.
Dh' fhuirich na compàirtichean aig Ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.
Chaidh na clasaichean a chumail aig Àrd-sgoil Phort Rìgh.
Fhuair na compàirtichean oideachadh bho Daibhidh Walker, Artair Donald, Catriona Lexy Chaimbeul agus Gilleasbuig Fearghasdan.

Gus cothrom a thoirt do chompàirtichean eòlas air fhaighinn air dràma Gàidhlig às a' choimhearsnachd chaidh 'Dòrlach' a chur air dòigh, oidhche de dhealbhan-cluiche bho Buidheann Dràma Chille Mhoire agus Magaidh Nic a' Ghobhainn bho Cabraich, buidheann dràma coimhearsnachd à Leòdhas. Bha ceòl mar phairt den oidhche cuideachd le òrain bho Ellen NicDhomhnaill le ceòl-taic bho Calum MacConnaill air a' ghiotàr. Chaidh 'Dòrlach' a chumail air oidhche Shathairne 6 Iuchar agus bha e fosgailte don mhor-shluaigh.

Rinn an stèisean rèidio coimhearsnachd Cuillin FM sanasachd dhuinn agus bha cothrom aig cuid de na compàirtichean agallamhan a dhèanamh san stiùidio 's a' chiad agus san dàrna sheachdain.

Chaidh an oidhche thaisbeanaidh a chumail aig Talla Dhonaidh Chaimbeul aig Sabhal Mòr Ostaig air oidhche Dhiardaoin 11 Iuchair 2013. Bha taisbeanaidhean bho na còmhlain-ciùil bho Fèis Alba ann cuideachd.

Thug Duncan MacAonghais bho 'Seall Arts' taic dhuinn le sanasachd san sgìre agus chaidh fhastadh gus na solais a dhèanamh aig an oidhche thasibeanaidh.

Rinn sgioba bho FilmG (Floraidh Forrest agus Eilidh Rankin) seisean thrèanaidh le na compàirtichean air a' chiad oidhche. Rinn na compàirtichean dà fhiolm rè na sgoile. Feumar gearradh a dhèanamh air na fiolmaichean mus tèid an cur a-steach don cho-fharpais.
Tha tasglann de na fiomaichean-goirid a chaidh a dhèanamh aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma thar nam bliadhnaichean ri fhaicinn air làrach lìn Vimeo.
http://vimeo.com/feiseannangaidheal/album

Chaidh taisbeanadh na Sgoile a chlàradh agus gabhaidh fhaicinn air clàr-thàisbeanaidh aig sianal YouTube Fèisean nan Gàidheal http://www.youtube.com/playlist?list=PLi3hUE0Af6OsBIiKvOBbCeUPsquUO2To3
Tha fiolm a' taisbeanadh an dràma-sràide a rinn a bhuidhneann ann an Ceàrnag Shomhairle, Port Rìgh feasgar Dimàirt 9 Iuchar ri fhaicinn air cuideachd.

Chaidh foirmean-measaidh a chur gu compàirtichean às dèidh làimh. Chaidh a mhòr-chuid de na foirmichean a thilleadh agus bha iad uile a' moladh na sgoile gu mòr.

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014

Bidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na h-ath bhliadhna a' tilleadh gu Port Rìgh agus gu h-àbhaisteach bidh e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cinn-latha airson sgoile na h-ath-bhliadhna a stèidheachadh agus thèid a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh a ghabhadh a lìonadh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan

Gàidheal aig www.feisean.org/ssd ro làithean-saora an Dàmhair.
Thèid postairean agus fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma a chur gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig.
Thèid sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal. Thèid sanasan a' sgaoileadh air sgoilearan, pàrantan agus luchd-teagaisg.
Tadhalaidh Fèisean nan Gàidheal air àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig a' dèanamh sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta 2014
Thathar a' leasachadh planaichean an dràsta airson cuairt nàiseanta a mhaireas 5 seachdain san earrach 2014.

Meanbh-chuileag - Dealbh-chluich Nollaig
Thathar a' leasachadh planaichean airson dealbh-chluich Gàidhlig a thèid air chuairt eadar Diluain 2 agus Dihaoine 6 Dùbhlachd le seachdain deasachaidh a' gabhail àite seachdain ro làimh eadar 25 agus 29 Samhain. Leis cho mòr 's a chòrd na dealbhan-cluiche ri sgoiltean sna bliadhnaichean a dh'fhalbh tha sinn làn dùil cinn latha a bharrachd a chur ris an turas. Thèid fiosrachadh mun dealbh-chluich Nollaig a chur ma sgaoil ro làithean-saora nan sgoiltean san Dàmhair.

Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh

- Geamannan iomchaidh agus stuthan teagaisg Sgioba G air ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.
- Anns an Òg-mhìos thug mi comhairle do mo cho-obraichean Rachel Harris agus Ellen NicDhòmhaill ann a bhith lìbhreagadh geamanan Sgioba G aig na Fèisean.

Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig

Fèisgoil
Rinn mi taisbeanadh mun obair a rinn mi le sgoiltean ann an siorrachd Pheairt agus fhreagair mi ceistean a bh'aig na compàirtichean mun obair aig Latha Trèanaidh Fèisgoil ann an Inbhir Nis air Disathairne 25 Cèitean 2013.

Foghlam Tràth bhliadhnaichean – Sgeama Dearbhaidh
Tha mi ag obair air sgeama dearbhaidh stèidhte air pròg ram foghlam a tha ag amas air clann eadar 3 – 6 bliadhna a dh'aois.

Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta

Leasachadh Proifeiseanta
- 24/06/13
  Artair MacCarmaig
  Taisbeanaidhean Powerpoint
- 13/06/13
  Red Cross
  Ciad Cobhair Èigeannach san àit-obrach
- Eden Court Creative
  Às dèidh faighneachd mu cothroman trèanaidh tro Eden Court le Manaidsear Eden Court Creative Kati Kozikowski bhiodh fàilte orm fhèin agus Dougie Beck a bhith an làthair aig na seiseanan trèanaidh a tha iomchaidh sa chlàr-ama thrèanaidh luchd-obrach aig Eden Court Creative.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Radio nan Gàidheal
Rinn mi sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an agallamh air a' phròg ram 'Feasgar'

Cuillin FM
Fhuair compairtichean aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma cothrom agallamh a dhèanamh dà thuras san stiùidio aig an stèisean rèidio ionadail agus fhuair iad cothrom sanasachd a dhèanamh airson obair na sgoile agus na taisbeanaidhean poblach a bha na chois.

Fèill Ionnsachaidh na h-Alba
Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh sanasachd airson seirbheisean foghlam Fèisgoil air 25 gus 26 Sultain aig an SECC ann an Glaschu. http://www.educationscotland.gov.uk/slf

An t-Alltan Beag
Tha Fèisean nan Gàidheal air cuireadh fhaighinn gus bùthan-obrach a' lìbhreagadh aig an t-Alltan Beag air 1 agus 2 Dàmhair anns an Aghaidh Mhòir. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' toirt seachad stiùir 's molaidhean a thaobh geamaichean agus cur-seachadan Gàidhlig a tha iomchaidh airson clann fo 3 bliadhna a dh'aois. http://www.alltan-beag.info/

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Sanasachd
- www.feisean.org

Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma
- www.facebook.com/feisean

A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal.
- A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal
- www.youtube.com/feiseannangaidheal

A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangail ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn.
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal agus na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile thar nam blaidhnaichean air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Eden Court
Tron 'Sgeama Lìonradh Dràma Ghàidhlig' dh'obraich Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court còmhla gus Fèis Theatar Òigridh Gàidhlig stèidheachadh agus theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

A' leantainn air soirbheachais 'Fèis Dràma Dheugairean' aig Eden Court air 22 Giblean chaidh 6 seiseanan dràma a bharrachd a chumail airson Club Dràma Òigridh Inbhir Pheofharain agus ri linn sin fhuair iad cothrom eile taisbeanadh a dhèanamh den dealbh-chluich aca airson roinn Gàidhlig Bun-sgoil Inbhir Pheofharain a ghabh àite air 18 Òg Mhios 2013. Bha còrr is 65 sgoilear an làthair agus luchd-teagaisg na sgoile cuideachd.

Sabhal Mòr Ostaig
Tron obair aig Artair Donald mar neach-ealain Dràma air Mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig, tha cothrom aig luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal cùrsa thrèanaidh a dhèanamh airson luchd-oide dràma agus thathar an dùil ga chumail air 22, 23 agus 24 Dàmhair.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Eden Court
Tron 'Sgeama Lìonradh Dràma Ghàidhlig' dh'obraich Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court còmhla gus Fèis Theatar Òigridh Gàidhlig stèidheachadh agus theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

A' leantainn air soirbheachais 'Fèis Dràma Dheugairean' aig Eden Court air 22 Giblean chaidh 6 seiseanan dràma a bharrachd a chumail airson Club Dràma Òigridh Inbhir Pheofharain agus ri linn sin fhuair iad cothrom eile taisbeanadh a dhèanamh den dealbh-chluich aca airson roinn Gàidhlig Bun-sgoil Inbhir Pheofharain a ghabh àite air 18 Òg Mhios 2013. Bha còrr is 65 sgoilear an làthair agus luchd-teagaisg na sgoile cuideachd.

Sabhal Mòr Ostaig
Tron obair aig Artair Donald mar neach-ealain Dràma air Mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig, tha cothrom aig luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal cùrsa thrèanaidh a dhèanamh airson luchd-oide dràma agus thathar an dùil ga chumail air 22, 23 agus 24 Dàmhair.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**
An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014
Bidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na h-ath bhliadhna a' tilleadh gu Port Rìgh agus gu h-àbhaisteach bidh e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cinn-latha airson sgoile na h-ath-bhliadhna a stèidheachadh agus thèid a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh a ghabhadh a lìonadh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd ro làithean-saora an Dàmhair.

Thèid postairean agus fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma a chur gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig.

Thèid sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal. Thèid sanasan a' sgaoileadh air sgoilearan, pàrantan agus luchd-teagaisg.

Tadhalaidh Fèisean nan Gàidheal air àrd-sgoiltean le roinnnean Gàidhlig a' dèanamh sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**
Bidh mi a' toirt taic do Fèis a' Bhaile le bhith ag ullachadh agus a' lìbhreagadh geamanan Sgioba G san Dàmhair.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**
'Slighe Sheonaidh a' Mhonaidh'
Cuairt bun-sgoile a mhaireadh 5 seachdainean de dhealbh-cluich stèidhte air beatha Iain Muir
Thug mi taic do Dhougie Beck ann a bhith leasachadh an sgriobt airson an dealbh-cluich.
Thòisich cuairt na dealbh-cluiche, a mhair 5 seachdainean, air Diluain 22 Giblean agus chriochnaich e air Dihaoine 24 Cèitean.
Chaidh an dealbh-chluich a thaisbeanadh 36 tursan le na cleasaichean Dàibhidh Walker agus Debbie NicAoidh. Fhuair 44 bun-sgoil le roinnean Gàidhlig agus a' chiad 's an dàrna bliadhna à aon àrd-sgoil cothrom an dealbh-chluich fhaicinn. Chunnaich còrr 's 1200 duine-chloinne an dealbh-chluich.

Anns an Lùnasdal rinn Dougie Beck dreach eile den dhealbh-chluich a tha freagarrach airson bun-sgoiltean Beurla. Leis an dealbh-chluich bidh Dougie a' cleasachd ann agus bidh e ga thoirt air cuairt timcheall bun-sgoiltean ann an sgìre Earra-ghàidheal 's Bhòid tron seachdain aig Fèis chiùil Blas eadar 9 agus 13 Sultain.

'Mission Explore: John Muir'
Às dèidh dhomh fios a chur gu Toby Clark, Manaidsear Duais John Muir ann an Alba, dheasaich Fèisean nan Gàidheal, ann an co-bhonn ri Urras John Muir, dreach Gàidhlig den leabhran-e 'Mission Explore: John Muir', a chaidh fhoillseachadh sa Ghiblean. 'Se goireas foghlaim a th'ann san leabhar-e seo a chaidh a chur gu na sgoiltean uile a bha an sàs sa chuairt. Bidh an goireas Gàidhlig ùr seo an asgaidh 's ri fhaotainn air-loidhne do dhuine sam bith a tha ga iarraidh.
Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn air làrach-lìn Urras John Muir.
http://www.jmt.org/news.asp?s=2&cat=Award&nid=JMT-N10837
http://www.jmt.org/jmaward-mission-explore-john-muir.asp

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Eden Court
Tron 'Sgeama Lìonradh Dràma Ghàidhlig' dh'obraich Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court còmhla gus Fèis Theatar Òigridh Gàidhlig stèidheachadh agus theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

A' leantainn air soirbheachais 'Fèis Dràma Dheugairean' aig Eden Court air 22 Giblean chaidh 6 seiseanan dràma a bharrachd a chumail airson Club Dràma Òigridh Inbhir Pheofharain agus ri linn sin fhuair iad cothrom eile taisbeanadh a dhèanamh den dealbh-chluich aca airson roinn Gàidhlig Bun-sgoil Inbhir Pheofharain a ghabh àite air 18 Òg Mhios 2013. Bha còrr is 65 sgoilear an làthair agus luchd-teagaisg na sgoile cuideachd.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG3 **An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

- Lìbhrig mi bùthan-obrach dràma Gàidhlig agus geamannan Gàidhlig airson sgoilearan anns an Roinn Gàidhlig aig Àrd-sgoil Phort Rìgh air 20 agus 21 Cèitean.
- A' tòiseachadh 's a' Ghearran 2013 chaidh 26 bùth-obrach dràma a chumail airson 6 deugairean à Inbhir Pheofhairean agus 10 à Baile Dhubhthaich a bha mar phàirt den iomairt eadar Eden Court agus Fèisean nan Gàidheal gus Fèis Dràma Dheugairean a chur air bhonn.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**
Obair leantainneach ag ullachadh geamannan Sgioba G agus stuthan-teagaisg airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich le taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

Ainm	**Rachel Harris**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh (fòrladh màthaireil)**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**
Anns an dreuchd agam mar Oifigear Leasachaidh, bidh mi ag obair le aon fhèis deug, a' toirt taic dhaibh le iomadach tachartas agus pròiseact. Bidh mi a' bruidhinn riutha gu cunbhalach agus ag aithris dhan mhanaidsear agam, Calum Ailig, fiosrachadh cudromach sam bith a nochdas agus ag iarraidh comhairle air. Tha caochladh fheumlachdan aig na fèisean is tha mi a' toirt taic a bharrachd an-dràsta ri Fèis a' Bhaile (aig a bheil comataidh ùr is iad a' dèanamh deiseil airson na prìomh fhèis aca) agus Fèis Farr (aig a bheil comataidh ùr is iad a' dèanamh deiseil airson nan clasaichean geamhraidh aca). A bharrachd air sin cha deach aig Fèis a' Chaolais comataidh a thogail aig a' choinneimh-èiginn aca anns a' Chèitean is mar sin tha mise/Fèisean nan Gàidheal air cùisean a ghabhail as làimh airson bliadhna gus an tog sinn buidheann ùr de luchd-obrach shaor-thoileach. A bharrachd air na fèisean seo bidh mi a' toirt taic leantainneach ri Fèis Spè, Fèis Chataibh, Fèis Inbhir Narainn, Fèis Mhoireibh, Fèis a' Bhealaich, Fèis an Iar Thuath, Fèis air an Oir agus Fèis na h-Òige anns na tachartasan àbhaisteach agus na pròiseactan leasachaidh aca.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**
Bidh mi a' toirt taic leantainneach do na Fèisean san sgìre agam gus foirmichean-tagraidh a chur a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh gus taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. Bidh mi cuideachd a' cuideachadh le iarrtasan-airgid gu buidhnean eile airson pròiseactan sònraichte m.e. iarrtas-airgid gu Tabhartas Cultur na Gàidhealtachd airson Fèis Phìobaireachd Fèis na h-Òige 2014.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**
Bidh mi a' brosnachadh gach fèis Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca agus bidh mi ag obair còmhla ris an sgioba leasachaidh gus taic, comhairle is goireasan foghlaim a thoirt dhaibh. Bidh mi a' toirt cuideachaidh dhaibh le bhith a' lorg luchd-oide aig a bheil Gàidhlig agus a' dèanamh eadar-theangachadh dhaibh gus am bi an stuth margaideachd is sanasachd air fad aca ann an dreuch dà-chànanach. Mar eiseimpleir tha mi air cuideachadh a thoirt do dh' Fhèis Spè agus Farr le stùth margaideachd dà-chànanach agus le eadar-theangachadh.
A bharrachd air na pròiseactan seo, bidh mi a' toirt cuideachadh do Chomunn na Camanachd leis an iomlaid

chultaraich aca eadar Alba is Èirinn is bidh àite sònraichte aig a' chànain anns a' phròiseact seo.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu dheidhinn chothroman trèanaidh agus tachartasan tro phuist-d, air an làrach-lin agus air na meadhanan-soisealta. Bidh mi ag obair còmhla ris an oifigear trèanaidh againn Iona Nic Dhòmhnaill gus trèanadh a chur air dòigh dha na fèisean far am bi e iomchaidh. Bidh mi cuideachd a' frithealadh choinneamhan a' chomainn TMC (Traditional Music Class Partnership) mar riochdaire Fèisean nan Gàidheal.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Tha mi ag obair ris a' Chomann Camanachd gus iomlaid chulturach a chur air dòigh eadar buidheann òigridh Albannach aig a bheil Gàidhlig agus buidhean Èireannach aig a bheil Gaeilge. Bidh na ceoladairean òga seo a' cluich ciùil aig a' gheama iomain ann an Inbhir Nis a thèid a chraoladh air telebhisean is rèidio anns an dà dhùthaich. A bharrachd air sin bha na tursan Cèilidh air Chuairt aig Fèis Chataibh agus Fèis Spè gu math soirbheachail is aid a' cluich aig còrr is 35 tachartasan tron t-samhraidh eadar Glenprosen ann am Bràighe Aonghais gu Sgobhairidh ann an iar thuath Chataibh. Chluich iad air an taobh a-muigh ann an Tèarmainn Nàdair Nàiseanta ann an co-bhonn ri Dualchas Nàdair na h-Alba mar phàirt de Bhliadhna Nàdair an Alba 2013. Bha seachdain shoirbheachail eile aig Fèis Spè an uairsin ann an Dùn nan Gall a' tadhal air sgoil ciùil ionadail, a' tachairt ri luchd-ciùil òga na sgìre agus a' cluich còmhla aig cuirmean-ciùil air feadh Leitir Cheannain is Inis Eòghain. B' e seo a' chiad leth de dh' iomlaid chulturach ùr a chuir an dà bhuidheann air dòigh còmhla le taic bho Cholmcille agus thig a' bhuidheann Èireannach a-nall an ath-bhliadhna. Cluichidh an dà bhuidheann còmhla gu poblach air feadh Srath Spè agus Bhàideanaich agus bheir seo cothroman a bharrachd dhuinn an fhèis agus ìomhaigh iomairt nam fèisean a shanasachadh. A thuilleadh air sin chaidh caochladh fhèis an sàs ann am Blas: chluich com-pàirtichean Fèis air an Oir agus dà bhuideann bho Fhèis Spè aig cuirmean-ciùil agus chuir Fèis Farr cuirm-ciùil air dòigh mar phàirt den fhèis.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bidh mi cur ri obair Bhlais far am bi e iomchaidh.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi a' toirt taic ri Fèis Spè agus Fèis Chataibh, (an dà fhèis anns an sgìre agam aig a bheil buidheann Cèilidh air Chuairt) anns na h-ullachaidhean aca, agus do Chèilidhean air Chuairt san fharsaingeachd far am bi e iomchaidh.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Bidh mi a' cumail taic agus brosnachadh ris a h-uile fèis a tha airson an obair aca a leudachadh:

- 'S e Fèis Spè an fhèis as motha anns an roinn agam agus bidh mi a' cumail taic leantainneach ris an dithis oifigear-leasachaidh, m.e. le bhith a' cuideachadh le eadar-theangachadh, a' lorg còmhlain airson latha ciùil ann an sgoil ann am Bràigh Mhàrr san t-Samhain agus a' cruthachadh bileag sgoile is postair a' sanasachadh na prìomh fhèis.
- Fèis a' Chaolais- tha mi ag obair gu dlùth le buidheann bheag phàrantan gus an fhèis ath-dhealbhadh gus cosgaisean a ghearradh, àireamh nam com-pàirtichean àrdachadh ach aig a' cheart àm raon math de chuspairean a chur air dòigh. Bidh dà latha dhràma aca cuideachd le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus tha mi ag opabir ris an oifigear dràma againn gus seo a chur air dòigh is dòchas againn ceanglaichean a dhèanamh eadar an fhèis agus buidheann dhràma dheugairean ionadail ann am Baile Dhubhthaich. Bu toil leam ceanglaichean a thogail cuideachd le sgeama Iomairt Chiùil na h-Òigridh le bhith ag obair anns na h-ionadan Gàidhlig còmhla ri neach-oide ICO gus an fhèis a chur air adhart. Tha mi ag obair le co-òrdanaiche ICO aig Fèis Rois gus seo a chur air dòigh.
- Tha clasaichean Disathairne aig Fèis na h-Òige agus tha iad a' tòiseachadh clais ùir ann an òrain Ghàidhlig do pharantan is luchd-obrach Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus tha mi air beagan eadar-theangachaidh agus sanasachd a dhèanamh dhaibh. Tha an fhèis seo a' beachdachadh air dòighean gus clann na bu shine a thàladh dhan fhèis (faicibh HC1).
- Tha Fèis a' Bhaile a' cur chlasaichean dannsa-ceum agus bogsa-putain air dòigh a thòisicheas san Dàmhair às dèidh saor-làithean nan sgoiltean.
- Tha Fèis Farr air comataidh ùr a thogail agus cumaidh iad a' chiad 'Latha Fealla-dhà aca airson

teaghlaichean aig deireadh an t-Sultain gus pròram chlasaichean a' gheamhraidh fhoillseachadh. Bidh mi a' cumail an fhiosrachaidh as ùire air an làrach-lìn againne agus ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta cuideachd gus aire a thoirt ri leasachaidhean ùra.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Thathar a' leasachadh grunn phròiseactan anns an sgìre agam a' buntainn ri dràma Gàidhlig agus cànain:

- Tha Fèis a' Chaolais air argead fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson pròram beag de dhràma a chur air dòigh ceangailte ri Bliadhna an Nàdair an Alba.
- Tha Fèis a' Bhaile a' cumail chlasaichean dràma tro mheadhan na Gàidhlig gach seachdain
- Tha Fèis Spè air taic-airgid fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson chlasaichean Gàidhlig a bharrachd do chom-pàirtichean na fèise.

A bharrachd air na pròiseactan seo, bidh àite sònraichte aig a' chànain anns na h-iomlaidean cultarach eadar Alba is Èireann aig Fèis Spè agus Comann na Camanachd.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faic targaid AC17.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Bidh mi a' leantainn leis an obair a tha mi dèanamh leis an dithis Oifigear Leasachaidh aig Fèis Spè gus tachrartasan ùra a' leasachadh ann an sgìre dùthchail Pheairt. Chaidh a chiad tachartas a chumail ann an Obar Pheallaidh anns a' Mhàirt 2013 le taic-airgid bho Comhairle Peairt is Ceann Rois.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faic targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth còmhla ris na Fèisean agam gus àireamhan nan compàirtichean a ghleidheadh agus àrdachadh. Gu bitheanta tha fèisean a' strì gus clann nas sinne a thàladh dha na tachartasan aca agus tha cuid mhath dhiubh a' leasachadh phròiseactan agus tachartasan sònraichte dhan chloinn seo gus na feumalachdan aca a choilionadh:

- Am bliadhna bidh Fèis Spè a' tairgse trì raointean fa-leth a thaobh aois: Fèis Bheag airson cloinne ann an clas 1-3, Fèis a' Mheadhain airson chloinne ann an clas p4-7 agus airson a' chiad triop Fèis nan Deugairean airson òganach àrd-sgoile. Bidh clas eòlas-fuaim air thairgse do chom-pàirtichean Fèis nan Deugairean a-mhàin.
- Tha Fèis a'Chaolais airson chloinne rud beag nas sinne a thàladh dhan fhèis le bhith a' tabhann chlasaichean aig ìre na b' àirde agus buidheann na fèise 'Uladh Mhigein' ath-bheothachadh. Tha planaichean aca cuideachd airson pròram beag dràma a chur air dòigh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig (faicibh InG5).
- Bidh Fèis Inbhir Narainn ag obair ann an co-bhonn le Fèis Spè agus Fèis Rois gus deireadh-seachdain chòmhnaidh do dheugairean a chumail san t-Samhain agus tha Fèis na h-Òige a' beachdachadh air tachartas coltach ri seo a chumail tro mheadhan na Gàidhlig anns a' Ghearran.

Aig an taobh eile tha grunn fhèisean cuideachd a' cumail Fèis Bhige do chloinn fo aois 8 an cois nan tachartasan àbhaistiche aca, agus gun teagamh bidh seo cuideachail do dh' àireamhan chom-pàirtichean (agus is dòcha luchd-obrach saor-thoileach) san àm ri teachd.

- Tha Fèis Mhoireibh a' leasachadh phlanaichean gus Fèis Bheag a chur ris an fhèis bhliadhnail aca
- Tha Fèis Farr a' cumail Latha Fealla-Dhà airson Teaghlaichean a bhios fosgailte do chloinn de gach aois: thathar an dòchas gun cur seo an fhèis air adhart anns a' choimhearsnachd agus gun tàlaidh seo barrachd chom-pàirtichean airson an dà chuid na prìomh chlasaichean agus na Fèise Bhige aca.

Bidh mi cuideachd a' toirt taic ris na fèisean gus na tachartasan aca a shanasachadh:

- Tha mi air a bhith ag obair bho chionn ghoirid air stuth margaideachd airson Fèis Spè, Fèis Farr is Fèis a' Bhaile is a' cuideachadh gus an stuth seo a sgaoileadh air feadh nan sgoiltean ionadail.

- Tha mi an dùil a dhol a-staigh gu sgoiltean sgìre a' Bhanna gus Fèis a' Chaolais a chur air adhart ann an co-bhonn le sgeama Iomairt Chiùil na h-Òigridh (faicibh AC24)
-

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**
Tha deich dhe na fèisean san sgìre agamsa stèidhichte ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**
Thathar a' brosnachadh na Gàidhlig aig a h-uile Fèis. Bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad gus cuideachadh a thoirt dha na Fèisean le rudan mar eadar-theangachadh, goireasan foghlaim, cur-seachadan Gàidhilg, Sgioba-G agus luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig. Tha plana Gàidhlig airson 2013-14 aig cha mhòr a h-uile fèis a-nis, is mi a' toirt cuideachadh do chàch gus na planaichean aca ùrachadh. Tha cuid mhath de na fèisean airson Gàidhlig a leasachadh anns na coimhearsnachdan aca is ùidh mhòr aca ann an clasaichean Gàidhlig airson inbhich agus nam ball-chomataidh aca.

Ainm	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**
Tha mi an dèidh a bhith bruidhinn ris na Fèisean agam air a' fòn agus air tachairt ri feadhainn eile. Tha mi air comhairle a thoirt dha na Fèisean beaga agam dè a nì iad am-bliadhna. Bidh mi a' cur seachad am Foghar a' cur air bhog iarrtasan airson nam Fèisean agam.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**
Tha na Planaichean Gàidhlig aig na Fèisean agam a-nis a' dol an an sàs.

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**
Tha Fèis Ìle an dòchas gun tadhal am panto Gàidhlig orra am-bliadhna agus bidh an dealbh-chluich Seonaidh a' Mhonaidh air chuairt ann an Earra-Ghàidheal aig àm Blàs.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**
Bha an Sgioba G aig Fèis Cheann Loch Goibhle.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom**
Tha Àrd-sgoil an Òbain ag obair còmhla ri Fèis Latharna air DVD ùr.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**
Bha am fiolm ùr a rinn Fèis Dhùn Omhain uabhasach fhèin math agus tha iad an dòchas fear eile a dhèanamh an ath-bhliadhna.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh bùth-obrach airson trèanadh airson fèisean Earra-Ghàidheal a' tachairt anns an t-Samhain.

AC17 **A’ togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh’aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a’ dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Thug Fèis Latharna a' Chèilidh air Chuairt aca a null gu Doire agus Tìr Chonaill an samaradh seo agus bha a' chuairt eagalach fhèin math. Bha a' Chuairt Chèilidh aca air feadh Earra-Ghàidheal math cuideachd agus fhuair iad torr leantail bho na meadhanan Gàidhlig.

AC20 **A’ cumail oirnn a’ toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

The 9 Fèisean agam eadar Earra-Ghàidheal, Dùn Bhreatainn an Iar agus Siorrachd Àir a Tuath agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall gum bi tachartasan Fèise anns na h-àiteachan sin. An samhraidh seo bha mi aig Fèis Thiriodh agus Fèis Arainn agus bha mi cuideachd air a' Chèilidh Air Chuairt còmhla ri Fèis Latharna

AC22 **A’ cumail oirnn a’ cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Tha Iomairt Ìle agus Dhiùra air a bhith gu math trang le cùisean eadar a bhith ag obair le Còisir Ghàidhlig Ìle agus Urras Iain Muir agus ghabh iad pàirt ann an gnìomhachd aig Tràigh Ghruinneart anns a' Mhàigh.

AC24 **A’ cumail oirnn a’ toirt taic do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha feadhainn de na Fèisean agam nas trainge na feadhainn eile. Bidh mi a' toirt seachad misneachd dhan fheadhainn as lugha rudan diofraichte fheuchainn is bidh mi a' moladh dhaibh tachartasan ùra a bhiodh a' freagairt air na neartan a th' aca.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha an com-pàirteachas eadar Còisir Ìle agus Fèis Ìle ag obair gu math agus tha Urras John Muir ag obair còmhla riutha cuideachd agus tha Àrd-sgoil Ìle a' gabhail barrachd pàirt cuideachd.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Tha mi ag obair còmhla ris a' Chomhairle airson clasaichean Gàidhlig a chur air bhog an an Earra -Ghàidheal.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a’ cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal airson barrachd cuideachaidh a thoirt seachad airson na Cèilidh air Chuairt an ath-bhliadhna agus thug iad cuireadh seachad don òigridh ceòl a chluich aig cuirm dhuaisean an ath-mhìos.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Aig an ìre seo tha luchd-teagaisg air a bhith anns na sgoiltean nuair a tha na sgoiltean ag iarraidh cuideachadh. Air Eilean Arainn tha clasaichean seinn air a bhith aca agus dràma ann an Dùn Omhain. Thathar an dòchas a-nis gun dèan Fèisgoil an gnothach air barrachd chuspairean a chur air bhog anns na sgoiltean air feadh Alba cho fad 's a ghabhas. Bidh Meanbh-chuileag a' dèanamh bùthan-obrach air feadh Earra-Ghàidheal an ath-bhliadhna.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bòid

Bidh mi a' feuchainn ri barrachd a dhèanamh eadar Fèisean nan Gàidheal agus Comhairle Earra-Ghàidheal airson Gàidhlig a bhrosnachadh.

Ainm	**Vicky NicIlleathain**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na h-ochd Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Bidh mi a' conaltradh riutha tro post-dealain, a' dol gu coinneamhan, air a' fòn agus fiùs a bhith cuir texts thuca. Bha mi aig na tachartasan Fèise a ghabh àite tro saor laithean an t-Samhraidh agus tha mi a-nis an-sàs ri bhith cuir Fèis Òigridh na Mara air dòigh agus Fèis nan Deugairean (Loch Abair).

- Chaidh Fèis Ghleann Albainn a chumail anns an Iuchair agus bha seachdain air leth a bh' againn. Chaidh clasaichean a chumail ann an tòrr diofar cuspairean, na measg, gìotar, fidheall, drama is ealain. Rinn Cairistiona Stiùbhairt orain is geamaichean Ghàidhlig comhla ris a' chlann agus chòrd sin ris a h-uile duine.
- Chaidh Fèis nan Garbh Chrìochan a chumail anns an Iuchair cuideachd agus bha sluagh mòr ann. Nochd 70 com-pàirtichean agus rinn iad clasichean ann an iomain, dannsa, drama is feadan is eile. Chaidh geamaichean Ghàidhlig a chumail aig àm bidhe a h-uile latha agus bha spòrs is fealla-dha ann.
- 'S e seachdain mìorbhallach a bh' againn aig Fèis Lannraig a Tuath a chaidh a chumail san t-seachdain mu dheireadh den Iuchair. Bha Gàidhlig ga cluinntinn fad na h-ùine agus rinn a h-uile duine oidhrip gus Gàidhlig a bruidhinn fad na Fèise. Chuir iad cuirm sònraichte air dòigh son oidhche mu dheireadh agus bha gàire air cha mhòr a h-uile aodann!
-

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

Tha mi daonnan ri fhaotinn anns an oifis anns a' Ghearasdan neo air a' fòn agus tha mi gu math deònach taic a thoirt gu buidheann sam bith a tha smaoineachadh air Fèis ùr a thoiseachadh. Ged nach do dh' iarr buidheann sam bith orm seo a dhèanamh fhathast, tha mi air a bhith a' brosnachadh an coimhearsnachd ann an Eige a bhith a' gabhail gnothaich leis an Fhèis aca fhèin. Nuair a thoisich mi san dreachd seo cha robh an comataidh ann an Eige airson a bhith cumail an Fhèis aca a' dol. 'S e briseadh dùil a bha seo agus tha e air a bhith gu math duilich comataidh ùr a stèidheachadh. Ach tha mi a-nis air buidheann fhaighinn a tha deònach an obair a ghabhail thairis agus thèid coinneamh bliadhnail a chumail an ath mhìos. Tha sinn làn dòchas gun tèid Fèis Eige air adhart ann an 2014.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Bha an Cèilidh air Cuairt gu math soirbheachail ann an Lochabair am bliadhna. Bha sianar againn a bha ag obair gu math cruaidh gus an talant aig Fèisean Lochabair a thaisbeanadh. Rinn iad fichead gigs thairis air trì seachdainean, bha iad a' cluiche ann an sèiseanan, aig dannsaichean is consairtean. Bha iad air feadh Loch Abair is eile bho Eilean nam Muc gu Inbhir Ghàraidh agus Gleann Comhainn gu Malaig. A bharrachd air a sinn bha na Ceilidh trailers a' gabhail pàirt anns an tachartas Blas agus cluiche iad còmhla ri Kathleen Nic Aonghais ann an Àrasaig agus còmhla ri Cruinn anns an Drochaidh Ruaidh. Fhuair iad cuideachd an cothrom a bhith cluich aig Cupa na Camanachd anns a' Ghearasdan. Fhad 's bha an Cèilidh air Cuairt a' dol air adhart, bha cothroman aca a bhith conaltradh leis na meadhanan iondail agus rinn iad agallamhan air an rèidio agus leis na pàipear naidheachd. Chuir na ceilidh trailers dannsa air dòigh gus airgead a thogail son cathrannas Marie Curie. Thog iad £805, chaidh am fiosrachadh seo a-mach sa phaipear naidheachd An Lochaber News cuideachd.

Tron a' Chèilidh air Chuairt, chleachd mi facebook is twitter airson àire dhaoine a thabhainn. Bha seo air leth feumail agus bidh daoine a' frithealadh na duilleagan facebook againn fhathast son fiosrachadh fhaighinn is dealbhan fhaicinn.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, 's a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn dhomh. Bidh mi ag obair còmhla ri Tara NicFhraing (Iomairt Ghàidhlig Loch Abair) agus bidh sinn a' conaltradh gu math tric air diofar pròiseactan a tha dol air adhart agus bidh sinn a' toirt taic leis a' cheile far a bheil e freagarrach.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas. Chaidh làithean treanaidh a chumail cuideachd ann an Dìon Cloinne anns a' Ghearasdan agus Glaschu. 'S e Iona NicDhòmhnaill, am manaidsear treanaidh againn, is tha ise a' dèiligheadh le rud sam bith a tha sinne feumach air a thaobh seo.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar agus ann an Glaschu. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd. Cuideachd tha mi an sàs anns an leasachadh airson an sgoil ùr anns a' Ghearasdan.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha mi nam mo oifgear leasachaidh airson sgìre Lochabair ach bidh mi a'coimhead as dèidh Fèisean ann an Glaschu cuideachd. Tha mi a' coimhead as dèidh ochd Fèisean air feadh Alba.

'S e seo na Fèisean a th' agams':

- Fèis Èige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Lochabair
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Ghleann Albainn
- Fèis Ghlaschu
- Fèis Innis an Uillt
- Fèis Lannraig a Tuath

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Tha mi a' toirt taic do chòig Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.**

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh Sgioba-G aig Fèisean far a bheil faireachdainn ann nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig. Nas tràithe anns a' bhliadhna, thàinig Fèis nan Garbh Chrìochan thugam agus bha iad a' gabhail iomnadh nach robh a' Ghàidhlig aig an Fhèis cho làidir sa bu chòir. Chuir sinn air dòigh geamaichean Ghàidhlig aig àm bidhe a h-uile latha agus bha deagh spòrs againn! Bha a h-uile tutor an sàs agus dh'ionnsaich sinn orain sporsail, cluiche sinn scavenger hunt sa Ghàidhlig agus rinn sinn quiz a' measg eile. Dh' obraich seo glè mhath agus bha e air cluinntinn gun do dh' ionnsaich na tutors aig nach eil Gàidhlig tòrr facail is abairtean cuideachd!

Tha iarrtais ann leis an fheadhainn a' gabhail pàirt anns a' Chèilidh air Chuairt, clasaichean fhaighinn ann an

Ghàidhlig gu h-àraid taic fhaighinn a bhith bruidhinn ris an luchd-amhairc ann an Ghàidhlig. Tha mi ag obair le Calum Alex an dràsd gus rudeigin a chuir air dòigh aig Fèis nan Deugairean. Tha mi smaointinn gum bi seo feumail don fheadhainn a bh' air a' Cheilidh trail ach cuideachd dhan fheadhainn eile.

Ainm	**Shona Nic a' Mhaoilein**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Anns na mìosan ro Fèisean an t-Samhraidh anns an roinn agamsa, na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanaich, bha mi a' frithealadh coinneamhan gu cunbhalach aig gach Fèis gus ullachaidhean a dhèanamh nan ionnsaigh. Lorg mi gun robh cuid de dh'Fhèisean nas feumaich air cuideachadh na Fèisean eile agus mar sin rinn mi mo dhìcheall comhairle agus taic a thoirt dhaibh mar a bha feum aca air.

Fèis Eilean na Hearadh, 1-5mh an t-Iuchair
Bha mu 60 an làthair ann an Sgoil Sir E Scott anns an Tairbeart gus oideachadh fhaighinn ann an iomadh ionnstramaid, seinn, dannsa cèilidh agus cuspair ùr a bha gu math tarraingeach – a' cruthach leis a' Chlò Hearaich. Chaidh na cruthachaidhean ùra aig a' chlann an taisbeanadh aig a' chonsairt, a bharrachd air na deilbh a thog deugairean na Fèise ann an clas a chaidh a thabhann dhan fheadhainn as sine gu sònraichte oir cha robh gu leòr thagraichean ann airson Fèis nan Deugairean. Chaidh cèilidh an luchd-teagaisg a chumail meadhan na seachdain far an robh a' choimhearsnachd agus luchd-turasachd an làthair gus dannsa no dhà a ghabhail.

Fèis Tìr an Eòrna, 1-5mh an t-Iuchair
Le 101 a' frithealadh Fèis Tìr an Eòrna ann an Sgoil Phabail an Uibhist a Tuath bha seachdain trang air thoiseach orra. Bha consairt aca air oidhche 'Chiadain ann an Taigh Sgìre Shollais a bha gu math soirbheachail agus chaidh geama iomain a chumail Diardaoin an-dèidh na Fèis, le cùisean a' tighinn gu crìoch air Dihaoine le consairt na cloinne. Chaidh a h-uile càil gu math leotha agus chòrd e ris a h-uile duine.

Fèis Bharraigh, 8-12mh an t-Iuchair
Bha 137 aig Fèis Bharraigh am bliadhna far an robh iomadh ionnstramaid ri ionnsachadh, a bharrachd air dannsa-ceum, iomain, dràma agus seinn Gàidhlig. B' urrainn dhan chlann ceithir cuspair a thaghadh, a' toirt eòlas farsaing dhaibh fad na seachdain. Bha dannsa na cloinne aca Dimàirt, cèilidh an luchd-teagaisg ann an Caisteal Chiosmhuil Diciadain agus 'piping hot' curry night air Diardaoin, a bha uile air am frithealadh gu math leis a' choimhearsnachd.

Fèis Eilean an Fhraoich, 22-26mh an t-Iuchair
Cha robh na uiread aig Fèis Eilean an Fhraoich am bliadhna, le 126 an làthair, ach bha a cheart na uiread de dh'ionnsachadh agus de fealla-dhà a' dol fad na seachdain. Bha gu leòr ann an clas 5-7 agus anns a' chròileagan, agus chaidh Fèis nan Deugairean a thabhann a-rithist far an robh 13 com-pàirtiche. Chaidh cèilidh na Fèis a chumail san Lanntair Diciadain, far a robh còrr is 100 san amharc gus tàlantan an luchd-teagaisg a chluinntinn.

Fèis Tìr a' Mhurain, 22-26mh an t-Iuchair
Bha clach-mhìle cudromach aig Fèis Tìr a' Mhurain am bliadhna, a' comharrachadh 25 bliadhna bho thòisich i. Bha còrr is 140 ann fad na seachdain gus oideachadh fhaighinn ann an ionnstramaidean, dannsa Gàidhealach, iomain, dràma agus sgilean meadhanan. Chuir an clas meadhanan fiolm ri chèile de chriomagan bho gach clas, a chaidh a shealltainn aig a' chonsairt aig deireadh na seachdain. Bha latha mòr aca air an 28mh, le Rèis na Fèis, caisteal-bogadaich, teatha agus cofaidh, barbeque agus cèilidh air an oidhche.

Fèis Thròndairnis, 29mh an t-Iuchair – 2mh an Lùnastal
Le còrr is 40 an làthair fad na seachdain, bha ceòl gu leòr ri chluinntinn ann am Bun Sgoil Stafainn. Fo stiùir luchd-teagaisg cliùiteach leithid John Carmichael agus Addie Harper, chaidh clas-buidhne a thabhann far an tàinig iomadh ionnstramaid còmhla gus taisbeanadh a dhèanamh aig a' chonsairt Dihaoine. A-rithist am bliadhna chaidh dà chèilidh a chumail, aon Dimàirt agus aon Diardaoin, anns a' bhàthaich aig 4

Floideagarraidh far an robh gu leòr an làthair ann an suidheachadh neo-fhoirmeil gus dram no dhà a ghabhail ag èisteachd ris an luchd-teagaisg agus ri Alasdair MacGillIosa, a ghabh òrain gu leòr air an dà oidhche.
Fèis an Rubha, 5-9mh an Lùnastal
Thàinig Fèisean an t-samhraidh sna h-Eileanan Siar gu crìoch le Fèis an Rubha far an robh 40 an làthair. Airson a' chiad turas chaidh Fèis nan Deugairean a thabhann, agus ged nach robh ach triùir na lùib bha e soirbheachail dha-rìreabh. Sgrìobh iad dà oran mu dheidhinn an Rubha thairis air an t-seachdain còmhla ri Calum Martin agus chòrd seo ris na bha anns an èisteachd aig a' chonsairt Dihaoine, a fhuair air na sèistean a thogail. Chaidh clas cròileagan a chumail airson a' chiad turas agus bha deichnear chloinne an seo fad na seachdain bho 10.30 gu 12.30 gach latha.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho diofar thobraichean maoineachaidh**

Tha mi an dùil taic leantainneach a thoirt do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chur a-steach airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach i.e. Awards For All, Alba Chruthachail (YMI) agus Tradition Arts Fund le EMS. Chuir mi a-steach foirm Clann ann an Èis airson maoineachadh fhaighinn dha Fèis Bharraigh airson clasaichean obair-buidhne a ruith, ach gu mì-fhortanach cha robh soirbheachail. Tha mi ag obair air foirm Awards For All dhaibh a-nis, gus ionnstramaidean agus aodach ùr fhaighinn dhan chòmhlan-phìob òg aca. Tha mi cuideachd a' lìonadh foirm airson Fèis Eilean na Hearadh oir tha droch fheum acasan air ionnstramaidean dhaibh fhèin.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Chaidh mi mun cuairt nam Fèisean fad an t-samhraidh agus bha e follaiseach gun robh cuid dhaibh air oidhirp mòr a dhèanamh gus luchd-teagaisg fileanta fhastadh. Bha a' chlann aig gach Fèis gu math deònach a bhith a' conaltradh ri chèile sa Ghàidhlig, a bha na thlachd ri fhaicinn, agus bha an luchd-teagaisg agus na comataidhean uile dìcheallach ann a bhith a' lìbhrigeadh nam Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig cho math 's a b' urrainn dhaibh. Bha Fèis Bharraigh a' cumail 'àm Ghàidhlig' gach latha far am biodh a' chlann a' gabhail pàirt ann an tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig agus bhiodh an luchd-teagaisg a' faighinn clasaichean Gàidhlig. Aig Fèis Eilean an Fhraoich chaidh clas Gàidhlig a chumail madainn Dimàirt còmhla rium fhìn airson an luchd-teagaisg nach robh fileanta a chuideachadh le blasad de dh'fhacail agus abairtean feumail m.e. "Cùm a' dol," "Bi modhail," "a bheil sibh deiseil" agus mar sin air adhart. Thug mi bileag bheag dhaibh leis na h-abairtean air an sgrìobhadh gu ceart agus ann am phonetics agus lorg iad gun robh seo feumail. Chaidh clasaichean Ùlpan an tabhann aig Fèis an Rubha airson pàrantan ach gu mì-fhortanach cha do chuir duine a-steach air an son.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Bha mi an sàs gu mòr ann an tachartas-còmhnaidh a bha aig Fèis Eilean an Fhraoich air an 8mh latha den t-Òg Mhìos. Bha iad air maoineachadh fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gus seo a chumail agus cha robh àite anns na Geàrrannan dhaibh, agus mar sin mhol mi gur dòcha gum biodh Scaliscro ann an Ùig saor – àite còmhnaidh mòr ann an suidheachadh àlainn agus sìtheil a bhiodh iomchaidh. Chuir mi an uairsin bus air dòigh airson a' chlann a thoirt sios madainn Disathairne agus lean mi iad sa char. Bha latha àlainn ann, a chaith iad a' cluich nan ionnstramaidean aca a-muigh agus ag obair còmhla gus ullachadh a dhèanamh airson an taisbeanadh mòr a bha romhpa aig Fèis Cheilteach Innse Gall. Air an oidhche bha dannsa an t-sabhail ann a bha mi air a bhith trang a' sanasachd anns na seachdainean roimhe, agus fhuair sinn daoine gu leòr airson deagh dhannsa a bhith againn ann an suidheachadh gu tur eadar-dhealaichte. Chòrd a' chùis ris a h-uile duine a bha na lùib agus bu chaomh leam a dhèanamh a-rithist.

Chaidh deireadh-sheachdain a chumail le Fèis Bharraigh nan Deugairean aig deireadh an t-Iuchair, far an robh cothrom aca rudan ùr fheuchainn leithid iasgach, windsurfing agus bàll-coise builg, a bharrachd air a dhol chun na tràghad gus fealla-dhà a bhith aca agus BBQ a ghabhail. Fhuair iad cuideachd oideachadh ann an còcaireachd agus ghabh iad pàirt ann an clasaichean obair-buidhne fo stiùir luchd-teagaisg ionadail. Bha e uabhasach soirbheachail agus tha ùidh aca ann an seo a dhèanamh a-rithist.

AC9 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Aig Fèis an Rubha chaidh Fèis nan Deugairean a thabhann airson a' chiad turas, agus cha robh iad cinnteach am biodh e soirbheachail. Ro dheireadh na seachdain bha iad cinnteach gun robh. Fo stiùir Chaluim Mhàrtainn, chaith an triùir a bha an sàs an t-seachdain a' sgrìobhadh dà òran ùr mu dheidhinn an Rubha, agus fhuair iad taic bhon luchd-teagaisg eile gus beagan feòil a chur riutha a thaobh a' chiùil. Aig a' chonsairt sheinn iad na h-òrain air beulaibh am pàrantan agus coimhearsnachd an Rubha, a bha glan air an dòigh leis

an oidhirp a bha iad air a dhèanamh. Tha mi an dòchas gum bi ùidh aig duine no dhithis a bharrachd ann am Fèis nan Deugairean an ath bhliadhna ach airson a' chiad turas tha mi uabhasach toilichte leotha.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bha Latha Trèanaidh aig Fèis an Rubha airson Dìon Cloinne agus na Meadhanan sòisealta anns a' Chèitean, agus thuirt na bha an làthair gun robh e air leth feumail dhaibh. An-dèidh dhomh bruidhinn ri Fèis Tìr a' Mhurain mu dheidhinn trèanadh Ciad Cobhair, chuir Iona NicDhòmhnaill seo air dòigh dhaibh agus chuir mi fios gu Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Bharraigh a dh'innse dhaibh gum biodh an cothrom acasan a dhol ann cuideachd. Bidh làithean trèanaidh againn mar sgioba aig Fèisean nan Gàidheal agus gu ruige seo tha mi air trèanadh Dìon Cloinne, Powerpoint, Photoshop, agus Measadh Cunnairt fhaighinn tro Fèisean nan Gàidheal. Chaidh mi air cùrsa Ciad Cobhair Èiginneach anns an t-Òg Mhìos mus do thòisich Fèisean an t-samhraidh, a bha uabhasach feumail.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Bidh mi ag obair ann an oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an Steòrnabhagh agus mar seo bidh mi a' toirt taic dhaibh bho àm gu àm nuair a bhios feum aca air cuideigin a bharrachd. Bidh daoine an còmhnaidh a-mach agus a-steach anns an oifis agus uaireannan nuair nach bi Marina no Peigi a-staigh bidh mi gan cuideachadh. Nuair a bha am Mòd Ionadail a' dol air adhart bha mi a' cuideachadh le bhith nam stiùbhard aig co-fharpais nan còmhlain-ciùil agus bha mi nam chathraiche aig dà cho-fharpais eile. Chuidich mi cuideachd aig Mòd na Hearadh nuair a dh'iarr iad orm a bhith nam bhritheamh airson co-fharpaisean an t-Seann Nòis agus a' cur a-mach an loidhne. Chòrd sin rium gu mòr agus tha e follaiseach gu bheil beartas de thàlant aig a' chlann. Aig Fèis Cheilteach Innse Gall chaidh iarraidh orm òran no dhà a ghabhail còmhla ri cuid de bhuidheann Faram bho Fèis Eilean an Fhraoich aig cèilidh teaghlaich ann am Martin's Memorial. Bhruidhinn mi air an Radio nan Gàidheal dà thuras air seachdain an Fhèis Cheiltich gus na Fèisean a bhrosnachadh agus gus aire dhaoine a tharraing thuca.

Fèisean nan Gàidheal

Pròg̀ram na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2013

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2012.05(c)

Bun Fhiosrachadh

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu phròg̀ram na Coinneamh Bhliadhnail agus na Co-labhairt.

CLÀR		PROGRAMME	
Dihaoine 27 Sultain		Friday 27 September	**Àite** Venue
14.00	**Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh**	Meeting of Board of Directors	BSTNP
18.15	**A' Choinneamh Bhliadhnail**	Annual General Meeting	BSTNP
19.30	**Deoch ro-dhinneir agus ceòl bho Fèis Dhùn Èideann**	Pre-dinner drinks and entertainment by Fèis Dhùn Eideann	Malmaison
20.00	**Dinneir agus Cèilidh** ***Aoigh Sònraichte*** **Fiona Hyslop BPA** **Rùnaire a' Chaibineit airson Cultair agus Cùisean an Taobh a-muigh**	Dinner and Cèilidh *Special Guest* Fiona Hyslop MSP Cabinet Secretary for Culture and External Affairs	Malmaison Malmaison
Disathairne 28 Sultain		Saturday 28 September	
10.00	**A' cur air adhart tachartasan** **Art MacCarmaig & Calum MacMhaoilein**	Promotion of events Arthur Cormack & Calum Macmillan	Malmaison
11.00	**Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal bho 2015 air adhart – beachdan nam Fèisean** **Art MacCarmaig**	Fèisean nan Gàidheal Development Programme from 2015 onwards – ideas from the Fèisean Arthur Cormack	Malmaison
11.30	**Tì/Cofaidh**	Tea/Coffee	Malmaison
11.45	**Geamannan Gàidhlig/Stuthan teagaisg airson nam Fèisean** **Dougie Beck & Aonghas MacLeòid**	Gaidhlig Games/Resources for use at Fèisean Dougie Beck & Angus Macleod	Malmaison
12.30	***Labhraiche Sònraichte*** **Janet Archer** **Ceannard, Alba Chruthachail**	*Special Guest Speaker* Janet Archer Chief Executive, Creative Scotland	Malmaison
13.00	**Lòn**	Lunch	Malmaison

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mun phròg̀ram.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Sultain 2013

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Bhliadhnail 2013

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2013.05(d)

Bun Fhiosrachadh

Thèid Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal 2013 a sgaoileadh tro phost-d air thoiseach air coinneamh a' Bhùird agus bidh lethbhreacan rim faotainn aig a' choinneimh.

Gnìomh a dhìth

Bithear ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh san Aithisg Bhliadhnail agus aonta a thoirt rithe air thoiseach air a' Choinneamh Bhliadhnail.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2013

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org